

An Gàidheal Ùr

A' RIOCHDACHADH NA COIMHEARSNACHD GHÀIDHLIG

Fon 01851 706877 Facs 01851 706467

An Dùbhlachd, 2005

www.an-gaidheal-ur.co.uk

Aireamh 97

Taobh a-staigh
pàipear na mìos
seo:



Deasbad nan
sgoiltean

duilleag 3



Sùil air spòrs

duilleag 7

Dorchadas a' tuiteam air na h-oifisean puist



Tha fìor dhragh mu dheidhinn na tha fa-near do na h-oifisean puist dùthchail, mar an tè seo ann an Nis, Leòdhas, agus an t-seirbheis gu bhith air fhosgladh gu farpais am measg chompanaidhean

Thèid iarraidh air a' Choimeisein Eòrpach dèanamh cinnteach gun tèid na h-oifisean-puist beag dùthchail a dhion agus dragh ann mu dè a tha fa-near dhaibh san àm ri teachd.

Tha dùil gun tèid margaidh a' phuist fhosgladh a-mach airson farpais ann an 2009, ach tha dragh ann gu lean seo gu cosgaisean nas àirde anns na sgìrean dùthchail agus gu feum cuid aca dùnadh air sgàth farpais làidir.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd dol a sgrìobhadh chun choimeisein mar phàirt de iomairt cho-chomhairleachaidh a tha an-dràsta a' dol mu sheirbheis a' phuist.

Am measg nan nithean air a bheil a' coimhead tha a' bhuidheann eaconomaigeach is sòisealta a bhios aig na h-atharrachaidhean.

Sa Ghàidhealtachd tha eagal gu lean an ath-nuadhachadh gu crìonadh san t-seirbheis, gach cuid a' chosgais, dè cho tric 's a bhios i ri faighinn agus dè a thachras dha na h-oifisean-puist fhèin, feadhainn aca a tha air am faicinn air leth cudromach ann am beatha choimhearsnachdan.

Thuirtear neach-labhairt na comhairle airson seirbheis a' phuist, an comhairliche Sandy Park: "Tha sinn mar-thà a' faicinn dè an cunnart a tha ann oir tha cuid de chompanaidhean a tha ann am farpais le Parcelforce a' cur pris nas àirde airson a thighinn dhan Eilean Sgitheanach, mar eisimpleir.

"Dè na geallaidhean a gheibh sinn nach fhàs an suidheachadh sin nas miosa nuair a dh'fhosglas a' mhargaidh gu làn farpais. Feumaidh sinn cuideachd geallaidhean mu dheidhinn na seirbheis aonaichte agus gu faigh daoine an cuid puist ach amannan frea-

garrach agus aig an aon phrìs ris a' chòrr dhen dùthaich."

A rèir Mgr Park feumar rudan a chur an sàs airson nan sgìrean iomallach is dùthchail oir "cha bhi ùidh aig mòran chompanaidhean an t-seirbheis a ghabhail os làimh sna h-àiteachan sin".

"Tha an t-seirbheis air leasachadh mòr fhaicinn sna dhà no trì bhliadhnan a dh'fhalbh agus tha e duilich fhaicinn ciamar a thèid leasachadh le tuilleadh farpais," thuirte e.

Ma thèid na h-atharrachaidhean air adhart thatar dhen

bheachd nach bi uimhir de dh'obair làimhseachaidh aig na h-oifisean-puist as lugha ri dhèanamh agus gu dùin a' chuid mhath dhiubh.

"Dè a tha dol a thachairt dha na h-oifisean-puist dùthchail?" thuirte Mgr Park. "Tha cunnart ann às aonais siostaman dìon gu tig na companaidhean a-staigh agus gun tagh iad na seirbheisean as luachmhoire sna bailtean 's gun tionndaidh iad an cùlaibh ri na sgìrean dùthchail. Bidh buille chruaidh ann dhan chosta an iar agus na h-eileanan."

Barrachd cuideachaidh do thidsearan foghlam Gàidhlig

Gheibh daoine a tha airson a bhith nan tidsearan Gàidhlig tòrr a bharrachd de chuideachadh an dèidh do Riaghaltas na h-Alba aontachadh ri grunn mholaidhean airson a' chùis a dhèanamh nas fhasa dhaibh.

Am measg na thèid a thairgsinn bidh nach fheum iadsan a tha a' trèanadh pàirt-ùine pàigheadh cosgaisean cùrsa agus barrachd taic a thoirt dha tidsearan aig a bheil Gàidhlig gluasad a-nall gu foghlam tro mheadhan a' chàinain.

Chaidh na molaidhean a dhealbhan an dèidh do bhuidheann eòlaichean a' chùis a sgrùdadh. Tha e a' togail air nithean a tha ann mar-thà, mar suim de £6,000 a thoirt seachad airson dreuchdan anns na sgìrean dùthchail a dhèanamh nas tarraingiche agus stuthan teagaisg air an eadar-lìon.

Mar phàirt dhen iomairt, thèid dreuchd ùr a chruthachadh leis an Riaghaltas a bhios a' coimhead ri tidsearan ùra a thàladh agus thèid siostaman a chur air chois gus dèanamh cinnteach gum faigh an luchd-teagaisg an aon chothroman 's a tha aig luchd na Beurla.

Thuirtear ministear an fhoghlaim, Peadar Peacock: "Tha foghlam tro meadhan na Gàidhlig air a bhith air leth soirbheachail. Aig àm nuair a tha àireamhan sgoilear a' tuiteam, tha an àireamh a tha a' dol gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' dol an-àirde, ach feumaidh sinn a dhol nas fhaide ma tha sinn dol a dhèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig soirbheachail san àm ri teachd."

"Feumaidh sinn barrachd thidsearan gun dàil airson coinneachadh ris an iarrtas, gu h-àraidh aig ìre àrd-sgoile. Agus feumaidh sinn faighinn chun nan tidsearan aig a bheil Gàidhlig agus is urrainn foghlam a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig ach a tha air co-dhùnadh gun sin a dhèanamh."

Tha an gainnead ann an luchd-teagaisg Gàidhlig air fhaicinn mar fìor chnap-starra ann a bhith leasachadh foghlam tro mheadhan a' chànain.

Faic duilleag 3 ▶



Peadar Peacock: Feumar barrachd a dhèanamh

**TOG
FEAR
AN-DIUGH
AN ASGAIDH**

Ceathrar a-staigh airson cathraiche a' bhùird

Chaidh agallamhan airson cathraiche ùr Bòrd na Gàidhlig a chumail an t-seachdain a chaidh.

Thatar a' tuigsinn gun ghabh ceathrar pàirt sa ghnothaich, dithis aca sin — Art Carmag is Boyd Robasdan — a tha nam buill air a' Bhòrd mar-thà.

Chaidh cuideachd agallamhan a thoirt dha Agnes Rennie, a bha na ball air a' Bhòrd ach a leig seachad e grunn mhiosan air ais

airson "adhbharan pearsanta", agus Mata MacIomhair, àrd oifigear is neach-clàraidh Comhairle Choitcheann an Luchd-teagaisg. B' àbhaist Mata cuideachd a bhith na chathraiche air Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.

Gabhaidh gur bith cò thèid taghadh a-nall bho Dhonnchadh Fearghastan sa Mhàirt.

An Gàidheal Ùr

Neach-deasachaidh
Murray MacLeòid

Seòladh
Taigh à Mhorair Lever-
hulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD

Fòn: 01851 706877
Facs: 01851 706467
sanas@agu.org.uk

Oifigear-sanasachd:
Marina NicLeòid
Fon: 01851 703487

An Gàidheal Ùr

Cuin 's Caite

Là na Sàbaid 6mh

Peairt – Bidh Runrig a'cluich ann an Talla Chuirn Chiùil Pheairt air an oidhche seo bho 8f. Cosgaidh ticeadan £22 agus gheibhear iad air 0845 612 6323 no bho box@horsecross.co.uk

Dihaoine 9mh

Inbhir Narainn – Thèid òraid a chumail air an oidhche seo ann an Talla St Ninian's mu ainmean àitean sgìre Inbhir Nis. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Miss P. Forbes air 01667 453 824

Glaschu – Thigibh gu Uisge Beatha ann an Glaschu air an oidhche seo airson Ceòl is Craic, bho 8.30f. 'S e oidhche airson còmhraidh, ceòl agus craic a tha seo, a bhios An Lòchran a' cumail gach mìos ann an Uisge Beatha. Bidh fàilte chridheil oirbh uile thiginn còmhla rinn!

Sléite – Bidh an t-Oll. Margaret Bennett anns an Ionad Turasachd Clan Donald air an oidhche seo, a' toirt òraid air 'Scottish Customs From The Cradle To The Grave', a' toiseachadh aig 8f. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Maggie Macdonald air 01599 534 454

Disathairne 10mh

Obar Dheathain – Thèid Cèilidh Mhòr Cuirmeach a chumail ann an Talla Elphinstone, aig Oilthigh Obar Dheathain air an oidhche seo, bho 7.30f. Le ceòl na pioba, ceòl nan clàrsach, cèilidh agus dannsa. Cosgaidh ticeadan airson an oidhche seo £15. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho info@tradarr.com no cuiribh fòn gu 07801973096

Diciadain 16mh

Peairt – Bidh Salsa Celtica a' cluiche ann an Talla Cuirm Chiùil Pheairt air an oidhche seo, a' toiseachadh aig 8f. Cosgaidh ticeadan airson na cuirm-chiùil seo £10 agus gheibhear iad sin ma chuireas sibh fòn air 0854 612 6323 no cuiribh post-dealain gu box@horsecross.co.uk

Diardaoin 17mh

Inbhir Nis – Thèid cuirm-chiùil Ghàidhlig a chumail air an oidhche seo ann an Eaglais St Michael's bho 7.30f. Bidh an còmhlan Gàidhlig Fionnar agus Fiona NicCoinnich an làthair. Cosgaidh ticeadan £3/2 no faodaidh sibh pàigheadh aig an doras. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 01463 223 354 no bho ceol.beo@btconnect.com

Disathairne 24mh

Steòrnabhagh – Bidh Face The West a' cluich anns an Club an lasgaich Shlaid air an oidhche seo. Bidh agaibh ri pàigheadh aig an doras. Bidh fàilte chridheil oirbh uile.

Dihaoine 30mh

Steòrnabhagh – Bidh an còmhlan Meantime a' toirt thugaibh cuirm-chiùil anns an Lanntair air an oidhche seo, a' toiseachadh aig 9f. Gheibhear ticeadan no fiosrachadh sam bith eile mun tachartas seo ma chuireas sibh fòn air 01851 703 307 no aig www.lanntair.com

Glaschu – Bidh comunn Uibhist agus Bharraigh a' cumail dannsa airson na Nollaig air an oidhche seo ann an Talla Henry Wood, bho 9f.

Dihaoine 20mh An Faoilleach

Glaschu – Mar phàirt de Fèis Celtic Connections 2006 tha Bun Sgoil Gàidhlig Ghlaschu a' cur air dòigh cèilidh anns a' bhun-sgoil air an latha seo aig 1f. Bidh fàilte oirbh uile.

Obair na colaiste Gàidhlig na eisimpleir dha foghlam

Bu chòir do shaoghal acadamaigeach na h-Alba eisimpleir na Gàidhlig a leantainn airson dearbhagh an t-slighe ceart air adhart dha foghlam aig àrd ìre, a rèir fear de dh'ard-ollamhan na dùthcha.

Bha an t-Ollamh Donnchadh Rice, iar-sheansailear Oithigh Obar Dheathain, a' bruidhinn aig òraid bhliadhnail Sabhal Mòr Ostaig nuair a thug e seachad a bheachdan.

Bha e ag innse mar a thathas a' gluasad air falbh bho na cùrsaichean traidiseanta ann an oilthighean – mar cànanan, cuspairean clasaigeach, feallsanachd is eachdraidh – agus ag amas air dìreach oileanaich ulachadh airson aon dreuchd a-mhàin.

Thuir e gun robh an aon rud fìor mu dheidhinn na Gàidhlig bho chionn grunn bhliadhnan, ach tha e a-nis barrachd luach ga chur air cho feumail 's a tha i, leis an aon cholaiste Ghàidhlig mar chomharra làidir air an sin.

“Nuair a tha sinn a' bruidhinn mu dheidhinn modhan foghlaim a bhiodh gòrach dhuinn an call, bu mhath leam gun cumadh sibh mar a thachair dha Sabhal Mòr Ostaig nar h-inntinn,” thuirt e.

“Nuair a bha an cànan anns a' chunnart bu mhotha, 's e aon de na duilgheadasan nach robhas a' dèanamh gu leòr bruidhinn mu deidhinn.

“Tha an aon chunnart dha foghlam libearaichte a' laighe san deasbad air oilthighean ann an Alba. 'S e deasbad a tha ann a tha ro thrì a' seachnadh nan cuspairean anns a bheil, na mo bheachd-sa, na cothroman as motha.”



An t-Ollamh Donnchadh Rice: “Tha Sabhal Mòr Ostaig air mòran a dhèanamh airson earbsa a' choimhearsnachd dha bheil i a' buntainn a thogail.”

Chaidh òraid na bliadhna a chumail ann an Pàrlamaid na h-Alba agus bha an t-Ollamh Rice a' leantainn ann an làrach coise leithid seann cheann-suidhe na h-Eireann, Màiri Robinson, an seansailear Gordon MacIlleDhuinn agus na ciad mhinistearan Albannach, Dòmhnall Dewar is Jack McConnell.

Thuir e gum bu chòir do

dhaoinne eòlas farsaing fhaighinn ach an bi iad deiseil airson dèiligeadh le suidheachadh proifeasanta sam bith, seach a bhith air an trèanadh airson aon dreuchd.

Dh'innis e cuideachd gu bheil cothrom ann ceangal a dhèanamh le dùthchannan eile ann an ceann-a-tuath na Roinn Eòrpa, mar Nirribhig, aig a bheil cultar a tha glè choltach ris an fhear againn fhèin.

Bha moladh mòr aige cuideachd dhan cholaiste Ghàidhlig. “Tha Sabhal Mòr Ostaig air mòran a dhèanamh airson earbsa a' choimhearsnachd dha bheil i a' buntainn a thogail,” thuirt e. “Ach, airson na puing a tha mise a' feuchainn ri thoirt

seachad, tha e air a dhèanamh ann an dòigh eaconomaigeach is cultarail.

“Tha i air a bhith a' trèanadh oileanaich is a' cumail a' chànain beò aig an aon àm. Gu cudromach, tha i air gabhail ris an aithne thàice mu thuath agus mar as urrainn na nithean cumanta sin an aon chothrom a thabhan san t-saoghal ri àitichean eile, ged a b'è sin Cork, Spitzbergen no ceanna-tuath Chanada.”

A rèir an Ollamh Rice chan eil e idir an chnap-starra dhan cholasite a bhith suidhichte ann an àite iomallach, oir tha sin a' cruthachadh aithne is cliù shònraichte eadar-nàiseanta a bu chòir earbsa air leth a thoirt seachad.

Taobh dubh is taobh bàn air leasachadh na Gàidhlig

A' coimhead air adhart ri clàr-ama craolaidh na mìos, le Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain

O àm gu àm anns na cuibh seo tha mi air a bhith greannach nach robh sianal digiteach Gàidhlig a' gluasad na b' fhaice gòrrn. Ach, a rèir choltais, tha i a-nis air faire.

Agus on is e seo an colbh mu dheireadh agamsa tha e iomchaidh gun cuirinn fàilte oirre agus gun luiginn sonas is soirbheachadh dhaibhsan a bhios an sàs innte. Cha b' ann gun spàirn is saothair a thàinig i gu buil. Tha mo bheannachd acasan a chuir an taice rithe agus mo dhìomb acasan a bha cur bacadh oirre.

Chan e teicneòlas no airgead a-mhàin a bheir piseach air craoladh Gàidhlig agus air ath-bheothachadh a' chànain. Tha seo an urra ri daoine, ri dicheall agus ri ciall. Mar bhàta Mhic Iain Ghiorr, tha taobh dubh is taobh bàn air leasachadh na Gàidhlig.

Air aon làimh tha na daoine nach eil a' cuideachadh, ged a dh'fhaodadh iad a bhith toirt a chreidsinn orra fhèin gu bheil. Nam measg tha:

- An fheadhainn a tha gam meas fhèin mar shlanaghearann na Gàidhlig. Tha mi, mar a

chanas an luchd-naidheachd, air slaic a thoirt orra uair no dhà cheana. Tuigidh iad fhèin cò iad agus tuigidh fear-leughaidh leth-fhacal.

- An fheadhainn a tha cleachdadh na Gàidhlig mar cheum a dh'ionnsaidh inbhe ridire no iar-la no, aig a' char as lugha, aigeal-lan de litrichean na stùip as dèidh an ainm. Tuigidh iadsan duff cuideachd.

- An fheadhainn a tha a' sireadh smachd is ùghdarras is cumhachd, seach compàirteachas is co-ionannachd is cùram son na coimhearsneachd.

- Na craoladairean samntach a chleachd Gàidhlig nuair a bha i feumail dha na h-amasan coimearsalta aca agus a thrèig i nuair nach robh i a' cur gu leòr dhan sporan aca.

- Na riaghladairean craolaidh a tha faicinn prothaidean nan craoladairean seo nas cudromaiche na coimhearsnachd na Gàidhlig, ach a tha aig an aon àm a' leigeil orra gu bheil iad taiceil agus a' cur an ìre gur e iadsan a tha toirt chùisean air adhart.

- Luchd-poileataigs mheallta a tha tairginn bhriathran boga taiceil agus an uairsin a' lùgadh anns na cùltean 's a' teicheadh bhon gealltanais.

- Ùghdarrasan aig a bheil cothrom air chùisean a leasachadh ach aig nach eil de mhisneach no de sgoinn dèiligeadh ris an t-suidheachadh a tha fan comhair. Mar an eisimpleir leis a bheil mi air mo bheul a dhèanamh tana, tha e maslach nach eil Comhairle nan Eilean Siar air sgoiltean Gàidhlig a stèidheachadh aig a h-uile ìre. An e nach leig e sios no suas iad nuair a bhios muilnean-gaoithe nas pailte anns na h-eileanan na deugairean a' bruidhinn 's a' leughadh 's a' sgrìobhadh Gàidhlig?

Abair taobh dubh. Ach a dh'aindeoin sin tha taobh bàn air an t-suidheachadh cuideachd. Tha buaidh mhòr air a bhith aig na cròileagan agus na h-ionadan agus sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sgrìobhaichean againn fhathast cho math 's a gheibh thu ann an cànan sam bith ach cha bhi mura tig piseach air foghlam anns an àrd-sgoil. Tha na h-ealain làidir. Tha an luchd-ionnsachaidh nas pailte agus nas fileanta na bha iad riamh. Tha na buidhnean Gàidhlig agus cuid de na comhairlean ionadail a' dèanamh an dichill. Tha na fèisean a' tàladh agus a' misneachadh na h-òigridh. Tha Riaghaltas Alba nas tuigsiche agus nas fialaidhe na bha iad



roimhe seo, ged nach deach mì-rùn mòr nan Gall à bith fhathast agus ged a tha tuilleadh taic a dhith. Tha càirdean sa chiùrt, cuid dhiubh aig nach eil Gàidhlig. Agus tha sinn dòchasach gum fosgail Achd na Gàidhlig an doras gu cothraman ùra.

Tha craoladh Gàidhlig air adhartas mòr a dhèanamh agus, le sianal ùr, tha dòchas nach e ceum ach sin teag a ni e air adhart anns na bliadhnaichean air thoiseach oirnn. Ma dh'fhaodas mi facal pearsanta a ràdh anns an dealachadh, is e sochair mhòr a bh' ann dhòmhsa tilleadh gu craoladh Gàidhlig naoi bliadhna air ais. Tha mo mhile beannachd aig na craoladairean, na ri-

Airgead a bharrachd don t-seanal digiteach

Tha Riaghaltas na h-Alba air aontachadh £3 millean a bharrachd a thoirt do chraoladh Gàidhlig airson cuideachadh a thoirt don t-seanal ùr digiteach.

Dh'aontaich iad gun deigheadh an suim bliadhnaile a tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a' faighinn an-àrde bho £8.5 millean gu £11.5 millean.

Ged nach eil seo fhathast gu leòr airson an seanal digiteach a chur air bhog – tha a' bhuidheann a' cumail a-mach gu feum iad £17 millean – thatar an dòchas gun toir e air ministearan Lunnainn an suim aca fhèin àrdachadh.

Tha na còmhraidhean mu dheidhinn an t-seanal air a bhith air an cuingleachadh mu co air bu chòir an t-uallach a bhith airson a mhaoinachadh, le Lunnainn ag ràdh gum bu chòir an dleastanas a bhith air Dùn Èideann agus Dùn Èideann ag ràdh gum bu chòir dha a bhith air Lunnainn.

Gu seo, chan eil roinn a' chultair, nam meadhanan agus spòrs ann an Lunnainn air aontachadh ach £250,000 a bharrachd a thoirt seachad, ged a bhios a-nis barrachd co-dhùnadh Riaghaltas na h-Alba.

A thuilleadh air an seo thèid £1.4 millean fhaighinn bho Telebhisean na h-Alba agus Telebhisean Ghrampan mar thoradh air gu falbh na dleastanasan aca-san don Ghàidhlig nuair a thig an seanal ùr gu bith.

Thuir cathraiche Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, Niall Fèiseal: “Seo an naidheachd ris an robh sinn a' feitheamh. Mu dheireadh thall bheir e dhuinn an cothrom gluasad air adhart gu cruthachadh seanal digiteach Gàidhlig.”

ochdairean agus gach neach eile anns a' ghniomhachas air an do chuir mi eòlas. Tha mi gu h-àraidh taingeil dha mo charaidean ann an Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig. Rinn iadsan mo bheatha-sa na bu bheartaiche agus na bu shunndaiche na bha i air a bhith às an aonais. Bidh mi gan ionndrainn.

Am measg nan tabhartasan air BBC 2 Alba anns na seachdainean a tha romhainn bidh prògram inntinneach mun mharaiche ainmeil Para Shandaidd. Anns a' bhliadhna ùr bidh craoladh Gàidhlig a' dol o neart gu neart. Mar a chanadh Para: “Nam biodh Dougie fhèin an seo dh'innseadh e sin dhut.”

Luchd-obrach bho thall-thairis a' cur ri farsaingeach cultar na Gàidhealtachd

Tha an àireamh dhaoine bho thall-thairis a tha ag obair sa Ghàidhealtachd 's na h-eileanan air dùblachadh san dà bhliadhna a dh'fhalbh agus i a-nis a' suidhe aig 2,500.

Thatar dhen bheachd gu bheil na figearan air èirigh cho mòr air sgàth 's mar a tha daoine a' tighinn bho taobh an ear na Roinn Eòrpa, le mòran aca ag obair sna taighean-òsta is factaraidhean èisg.

Ach, chan eilear idir a' faicinn seo mar dhroch dhol a-mach, le cuid a' cumail a-mach gun cuidich e le eaconomaigh na sgìre a leasachadh.

Chaidh rabhadh cuideachd a thoirt do dhaoine gun a bhith cur sios air na "Gàidheil Ùra" dìreach air sgàth 's nach ann a' seo a tha iad gu dùthchasach.

Thuirnt an comhairliche Daibhidh Alston: "Tha mise an dòchas nach ann dìreach san ùine bhig a dh'fhuiricheas iad agus gun dèan iad an dachaighean an seo. An-uiridh rinn 1,600 neach bho thaobh a-muigh Bhreatainn an dachaigh an seo. Tha sin miorb-

haileach oir nì e air coimhearsnachdan leantainneach. Bidh a' Ghàidhealtachd ioma-chultarail agus feumaidh sinne sealltainn gum bi sinn ceart agus fàilteachail dha na daoine seo a bhios nan Gàidheil san àm ri teachd."

Ged a bhatar a' feuchainn ri teachdaireachdan tograch a thoirt seachad bha figearan cuideachd a' sealltainn gu bheil an àireamh de chùisean co-cheangailte ri gràin-cinnidh air dùblachadh sa Ghàidhealtachd taobh a-staigh còig bliadhna.

Thuirnt Mgr Alston: "Tha na cùisean sin nas miosa nuair is e àireamh bheag de dhaoine a' àiteachan eile a th' ann oir tha iad nas aonranach. Tha e cudromach gum bi sinn onarach mu dheidhinn na tha tachairt. Bidh tachartasan gràin cinnidh ann, ach 's e an rud a tha cudromach gu seall sinne nach tèid gabhail ri seo air Ghàidhealtachd. San àm ri teachd 's e àite fosgailte, fàilteachaidh a bhios anns a' Ghàidhealtachd."

Chaidh aithisg ullachadh le

Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean a mhol innleachd cho-òrdanaichte a chur air dòigh airson cùisean a dhèanamh nas fhasa dhaibh-san a tha tighinn a-steach dhan dùthaich a dh'obair.

A rèir an rannsachaidh 's e an duilgheadas as motha nach eil tòrr Beurla aig cuid aca, nach eil àiteachan fuirich aca agus nach eil iad a' faighinn comhairle cheart air rudan mar bancaichean. Chaidh bruidhinn ri 25 iomraich mar phàirt dhen rannsachadh.

Thuirnt stiùiriche leasachadh sgilean HIE, Ailig Paterson: "Tha daoine bho thall thairis a' gabhail pàirt nas cudromaiche ann an margaidh obrach na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha an aithisg seo a' toirt dhuinn fiosrachadh air feumalachdan dhaoine is chompanaidhean agus ciamar as urrainn an coinneachadh."

Thuirnt neach-gairm Comhairle na Gàidhealtachd, Alison Magee: "Air feadh nan seirbheisean poblach air Ghàidhealtachd tha sinn aonaichte nar

beachd gu feum barrachd dhaoine a thighinn an seo a dh'fhuireachd, a dh'obair is a dh'ionnsachadh ma tha sinn dol a chumail a' dol a' leasachadh mar sgìre; ach feumaidh a' bhun-reachd cheart a bhith suidhichte againn airson an còthrom a thoirt dha daoine a thighinn an seo.

"Tha coimhearsnachdan na Gàidhealtachd a' fàs nas farsaingeach, tha a' chlànn nar sgòltean a' bruidhinn 58 diofar chànanan mar chànan teaghlaich, a thuilleadh air Beurla 's Gàidhlig agus feumaidh sinn dèanamh cinnteach nach eil duine air an cronachadh ann a bhith faighinn na seirbheis air a bheil iad airidh.

"A rèir ar sgrùdaidh am-bliadhna air beachdan poblach, thuirnt 84% gu bheil na coimhearsnachdan aca a' cur fàilte air daoine a thighinn a-steach dhan Ghàidhealtachd a' àiteachan eile.

Tha mi an dòchas gu bheil ar in-imrichean a' faireachdainn gu bheil fàilte orra sa Ghàidhealtachd."

Riaghailtean ùra mu choinneimh sàbhailteachd mara

Thèid grunn riaghailtean ùra a thoirt a-steach gus na h-uisgeachan timcheall air costaichean na dùthcha a dhèanamh nas sàbhailte.

Am measg nan atharrachaidhean, a tha air an stiùireadh leis a' Choimisein Eòrpaich, tha gu feumar àiteachan a chomharrachadh far am faod soitheachan a dhol ma tha iad ann an cunnart. Thèid sùil gheur a thoirt air gach soitheach a tha cleachadh puirt, an taca ris mar a tha e an-dràsta far nach eil feum ach air cairteal aca a rannsachadh.

Chaidh na riaghailtean ùra a dhealbhadh as dèidh nan tubaistean mara 'Erika' far costa na Frainge ann an 1999 agus am 'Prestige' sa Spàinn ann an 2002.

Gu seo, chan eil Riaghaltas Bhreatainn air eisteachd a thoirt dha na h-argamaidean airson làraichean sàbhailte, far am faod soitheachan a dhol airson truaillleadh mara a chuingealachadh, a chruthachadh.

Thuirnt neach-labhairt sàbhailteachd mara Comhairle na Gàidhealtachd, Uilleam Fulton, gu feumadh an Riaghaltas na riaghailtean a leantainn, gur bith dè cho làidir 's a bhiodh iad ag iarraidh an leigeil seachad.

"Tha mise air a bhith faighneachd dhaibh airson grunn bhliadhnanan àiteachan sàbhailte a chomharrachadh far am b' ur-

rann soitheachan ann an duilgheadas a dhol," thuirnt e. "S e pàirt dhen duilgheadas leis a' Phreistige nach gabhadh puirt sam bith gnothach rithe fhad 's a bha i fhathast aig muir agus fo shlaod. Nam b'urrainn a toirt a-staigh a phort bhiodh an truaillleadh àrainneachd air a bhith air a chuingealachadh."

"A h-uile uair a dh'iarra mise airson àiteachan sàbhailte cha deach eisteachd a thoirt dhomh. Dh'iarra mi àiteachan nach b'urrainn a bhith air an comharrachadh mar sàbhailte agus cha d' fhuair sin eisteachd na bu mhotha. Ach, feumaidh iad gabhail ris an stiùireadh seo agus liosta a dhealbhadh far an urrainn dha soitheachan a fo chunnart, no a tha buailteach truaillleadh adhbhrachadh, a dhol?"

Gu lèir, tha seachd riaghailtean ùra ann ris am feum na dùthchannan a tha nam pàirt den Aonadh Eòrpaich gabhail. Tha dùil gu lean e gu casg a chur air àireamh mhath de shoitheachan bho bhith cleachdadh puirt na Roinn Eòrpa.

Cuideachd, feumar fiosrachadh mionaideach a thoirt dha na seirbheisean teasairginn air càite a bheil soitheach agus thèid binn airgid a chur ma choinneimh duine no buidhnean sam bith nach eil a' leantainn nan riaghailtean.

Sgoil à Dùn Èideann a' buannachadh Deasbad Nàiseanta BT



B' e sgioba làidir bho Àrd-sgoil Sheumais Ghillespie ann an Dùn Èideann a bhuanach Deasbad Nàiseanta Gàidhlig BT Alba na bliadhna-sa.

Bha an sgioba air a dhèanamh an-àird le Anna Roberts agus Seumas MacLeòid. Tha an dithis aca anns a' bhliadhna mu dheireadh san sgoil agus tha iad nan seann eòlaichean air an deasbad oir tha iad air a bhith a' riochdachadh na sgoile aca anns an fharpais thairis air an dà bhliadhna a chaidh seachad.

Ghabh cuairt dheireannach na deasbaid àite ann am Pàrlamaid na h-Alba agus b' e "s e suirghe air-loidhne an dòigh air adhart" a bh'aca mar chuspair. B' e sgioba bho Àrd-sgoil Allt a' Mhuilinn a bha a' farpais nan aghaidh

Anna Roberts agus Seumas MacLeòid a' faighinn an duais bha Dhòmhnall MacIlleMhicheil bho BT

anns a' chuairt dheireannaich. Gu mì-fhortanach dh'fhàs aon sgoilear bho Àrd-sgoil Allt a' Mhuilinn tinn goirid ro thoiseach na deasbaid agus b' fheudar dha sgoilear bho Àrd-sgoil Chnoc na Pàirce ann an Glaschu, a ghabh pàirt anns an iar chuairt dheireannaich an oidhche roimhe sin, a dhol na h-àite.

Mhol na britheamhan an dà sgioba airson cho àrd 's a bha na sgilean deasbaid aca. Chaidh Cuach na Deasbaid a thoirt seachad dha sgioba Sheumais Ghillespie le Dhòmhnall MacIlleMhicheil, stiùiriche sanasachd aig BT Alba a bhuineas dha Steòrnabhagh. Chaidh Sgiath BBC Craoladh nan Gàidheal airson an òraidiche a b' fheàrr san fharpais air fad a

thoirt dha Eilidh Bowie à Àrd-sgoil Allt a' Mhuilinn le Mairead Màiri Mhoireach, Ceannard Roinn na Gàidhlig aig a' BhBC.

Thuirnt Dhòmhnall Màrtainn, cathraiche na deasbaid "Tha mi a' moladh gach neach a ghabh pàirt anns an fharpais am-bliadhna airson an t-saothair mhòr a rinn iad. Chòrd an fharpais ri um math dha-riribh agus bha e follaiseach gun do dh'èist na ceithir sgiobannan a fhuair dhan iar chuairt dheireannaich ris a' chomhairle a thug na britheamhan orra anns a' chiad dà chuairt. Tha seo na dhearbhadh air cho feumail 's a tha an fharpais le bhith a' toirt piseach air sgilean deasbaid, labhairt agus eisteachd nan sgoilearan."

Comhairle nan eilean a' beachdachadh air sgoiltean Gàidhlig

Fhad 's a bha sinn a' dol an clò bha Comhairle nan Eilean Siar a' beachdachadh air ceithir dhe na bun-sgoiltean anns an sgìre a dhèanamh Gàidhlig a-mhàin airson a' chiad dà bhliadhna.

Bha dùil gun tèid faighneachd dha pàrantan dè am beachd air an seo agus a' chomhairle ag amas air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a leasachadh sa sgìre.

Thatar an dòchas gu lean an iomairt gu sgoiltean gu tur Gàidhlig a chruthachadh sa sgìre. 'S e na còig sgoiltean far an tèid fheuchainn a-mach: Breasleit ann an Leòdhas, Staoinebhrig ann an Uibhist a Deas agus Càirinis, Ceann a' Bhàigh is Loch nam Madadh ann an Uibhist a Tuath.

Thuirnt aithisg a chaidh air beulaibh comataidh an fhoghlaim: "Chuir Comann nam Pàrant ann an Uibhist a-Tuath iarrtas a-steach airson sgoil Ghàidhlig ann an Uibhist-a-Tuath. Chan eil poileasaidh na comhairle ag ràdh càil gu mionaideach mu dheidhinn sgoiltean Gàidhlig a chruthachadh, ach ma thèid am poileasaidh a chur air bhog leanaidh e gu àireamh de bhun-

sgoiltean Gàidhlig a-mhàin a stèidheachadh sna h-eileanan rè ùine."

A rèir fear a tha fuireach sna h-eileanan agus tha air a bhith an lùib iomairt na Gàidhlig fad bhliadhnanachan bha làn thide aig a' chomhairle beachdachadh air a' chùis.

Thuirnt Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain, leas-stiùiriche Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus a bhuineas do dh'Uibhist-a-Tuath, ged a tha e a' fuireach sna Hearadh: "Tha e maslach nach eil Comhairle nan Eilean Siar air sgoiltean Gàidhlig a stèidheachadh aig a h-uile ìre. An e nach leig e sios no suas iad nuair a bhios muilnean-gaoithe nas pailte anns na h-eileanan na deugairean a' bruidhinn 's a' leughadh 's a' sgrìobhadh Gàidhlig?"

Dh'fhoillsich Mgr Mac a' Phearsain a bheachd agus e a' sgrìobhadh colbh craolaidh a' Ghàidheil Ùir air a' mhios seo. Tha e leigeil dheadh a dhreuchd agus a' tilleadh a Chanada, far a bheil a theaghlach.

Barrachd cuideachaidh do thidsearan foghlam Gàidhlig

♦ duilleag 1

Thuirnt Mata MacIomhair, àrd oifigear is neach-clàraidh Comhairle Choitcheann an Luchd-teagaisg agus a bha os cionn na buidhne a thug sùil air a' ghnothach, gun dèanadh seo "eadar-dhealachadh bunaiteach".

"Tha an aithisg seo air gabhail ri na fìor iarrtasan ann an siostam an fhoghlaim a-thaobh gainnead thidsearan agus air a thighinn an-

àirde le molaidhean a tha glic, ciallach is inntinneach," thuirnt e.

Tha an-dràsta 253 tidsearan Gàidhlig aig ìre bun-sgoil as urrainn leasan tro mheadhan a' chànan a libhrigeadh, ach chan eil ach 159 ga dhèanamh. Sna h-àrd-sgoiltean tha 103 is urrainn, le dìreach 42 a tha a' dèanamh sin.

Is càrn agus dìreach an lagh



Cathaidh Màiri Nic a'Mhaoilein

Nach iongantach an rud e? Tha na h-eileanan air mòran adhartais a dhèanamh thar nam bliadnaichean. Tha teicneòlas ùr a' ciallachadh gu bheil sinn pailt cho adhartach ris a' chòrr den dùthaich, le Bann-leathann, telebhisean Sky is iomadh goireas feumail eile againn. Ciamar a-rèist a bha e comasach dhomh an-diugh na pàipearan-naidheachd an Times fhaighinn, Herald Ghlaschu agus an t-Albannach, ach chan fhaighinn Gaset Steòrnabhagh? Bha latha ann a bha am pàipear ionadail againn ga ullachadh agus ga chrìochnachadh ann an Eilean Leòdhais fhèin, ach feumaidh e nis a bhith air a chobhualadh air tìr-mòr. Nach ann òirnn a thàinig an dà latha, sin againn adhartas ann an linn ùr.

Creididh mi, coltach rium fhìn, gu bheil sibh air a bhith a' leantainn co-dhùnaidhean gach Pàrlamaid, ann an Alba agus Sasainn, mu dheidhinn uairean a tha freagarrach do thaighean-òsta agus bhùithtean a bhith a' reic deoch làidir, agus feumaidh mi a ràdh, coltach ri iomadach duin' eile, gu bheil mi air m' uabhasachadh. Air aon làimh thathar ag innse dhuinn gu bheil casg ga chur air smocadh ann an àitean poblach, agus tha fios againn uile gu bheil e mì-laghail a bhith a' gabhail dhrogaichean, rud a tha iomchaidh gu leòr. Thèid càin a chur air taigh-òsta no taigh-bidh a cheadaicheas do dhuine toit a lasadh agus gheibh luchd-reic, agus duine tha cleachdadh nan drogaichean, am prìosan. Mar a thuir mi tha sin iomchaidh gu leòr.

Chan ann a' moladh a bhith a' smocadh no a' gabhail dhrogaichean a tha mi air dhòigh sam bith, ach chan eil droga idir ann a tha ag adhbhrachadh uimhir de dh'eucoir, de mhilleadh agus de bhriseadh air teaghlachan ris an deoch. Tha e furasta gu leòr duine tha ri smocadh a sheachnadh, tha roghainn sin agad, ach ma tha dràibhear fo bhuaidh na dibhe tighinn na do choinneimh air an rathad, chan eil dol

às agad. A rèir nan laghan ùra seo, tha cead aig na taighean-òsta bhith fosgailte fad an latha agus fad na h-oidhche, agus gheibh thu air deoch làidir a cheannach sna bùithtean mòra aig trì uairean sa mhadainn. Bheil mise air mo mhealladh an seo, ach nach eil sinn a' faicinn tric gu leòr air an teitidh meadhan nam bailtean mòra is na poilis a' strì gus ceannachadh a dhèanamh air daoine tha air cus òl? Agus dè mu dheidhinn dràibhear a tha air a bhith ag òl fad na h-oidhche nach tric a chì sinn sa phàipear ionadail, (nuair a gheibh sinn cothrom fhaighinn!), gach buaireadh a tha an deoch ag adhbhrachadh anns na cuisean a tha a' tighinn fa chomhair taigh na cùirt?

Chan eil bùth anns nach eil sgeilpichean mòra, fada de bhòtail dathach, tarraingeach den dearg phuinnsean. Na mo bheachd fhìn, chan eil droga ann cho cunnartach ris an dibhe, agus 's e ceum deireil a ghabh gach Pàrlamaid. Tha gach rannsachadh a chaidh a riamh a dhèanamh a' dearbhadh na tha a' call am beatha ri linn agus na

tha ghnìomhachasan ar dùthcha a' call de dh'uirean obrach air a sgàth. Cò againn nach eil air a bhith a' leantainn le tomhais de thruas, a dh'aindeoin a ghòraich fhèin, mar a mhill agus a chaill Seòras Best a bheatha ri linn na dìbhe?

Feumaidh mi a ràdh, eadar laghan ùra na dibhe agus an lagh a tha a' toirt cead airson pòsaidhean nan "gays", saoilidh mi nach bu chòir dhuinn uabhas sam bith a ghabhail nuair a chluinneas sinn air lagh ùr a tha gu bhith tighinn thugainn aig toiseach na h-ath bhliadhna. Chan fhada a gheibh sinn air biadh no bèiceireachd a chaidh ullachadh aig an taigh a reic aig feill-reic no dinnear ann an coimhearsnachd.

Anns an dealachadh, seach gu bheil mi a' bruidhinn air an lagh, tha mi a' faicinn gu bheil mòran deasbaid anns na meadhanan andèidh muirt na bana-phoilis ann an Sasainn, agus mòran ag iarraidh binn bàis a thoirt air ais dhan lagh. 'S e ceist eile tha sin, agus nuair a chì sinn am bùrach a tha luchd-riaghlaidh ar dùthcha a' dèanamh le laghan eile, cha bhiodh cus earbs' agam fhìn ann a co-dhùnadh ciallach a dhèanamh.

Fèis chiùil chultarail a' lorg cuideachadh airson an ath thachartais

A' leantainn air fèis na bliadhna a bha soirbheachail dha-rìribh, tha Blas a-nise a' sireadh bhuidhnean a bhios deònach obrachadh cuide riutha airson Blas 2006 a chur air adhart, eadar 1 agus 9 Sultain 2006.

Mar sin, tha fiathachadh a' dol gu buidhnean aig a bheil ùidh san fhèis anns na sgìrean a leanas — Gallaibh, Cataibh, Ros is Crombaidh, An t-Eilean Sgitheanach & Loch Aillse, Loch Abar, Inbhir Narann agus Bàideanach is Srath Spè.

Tha luchd-obrach Blas andrasta ag obrachadh gus luchd-ciùil fhaighinn agus cuideachd ionadan a chur air dòigh anns na sgìrean sin. Fhad 's a tha an obair sin ga dèanamh bu mhath le Blas cluinntinn bho dhaoine no buidhnean a tha deònach cuirmean no tachartasan eile a chur air dòigh sa sgìre aca fhèin. 'S e amas Blas a bhith a' co-obrachadh gu dlùth le daoine a tha airson com-pàirteachadh anns an fhèis.

Cuideachd, tha iad airson cluinntinn bho dhaoine a tha airson tachartas sònraichte a mholadh do Blas a tha tarraing còmhla buidhnean de luchd-ciùil nach eil ag obair còmhla ann

am bitheantas. A bharrachd air an sin bu toigh le Blas brath fhaighinn bho òstairean a tha deònach "club" fèis a chumail san sgìre aca.

Bidh Blas a' tabhann caochladh sheirbheisean a tha saoradh buidhnean coimhearsnachd bho uallach mòr. Bidh iad, mar eisimpleir, a' maoineachadh tu-arastal an luchd-ciùil, àiteachan-fuirich, cosgaisean siubhail agus mar sin air adhart. A thuilleadh air an sin, bidh Blas a' gabhail os làimh rianachd oifis, a' gabhail a-staigh cunnradh is fastadh luchd-ealain, àiteachan-cluiche, àiteachan-fuirich agus siubhal.

Ach bithear a' sùileachadh gum bi Luchd-eagrachaidh an Tachartais ag ullachadh na h-obrach phrathaigich gu lèir air latha is oidhcheannan an tachartais agus a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach saor-thoilich gu leòr air am fastadh, leithid dorsairean, luchd-taic agus luchd-cuideachaidh. Airson an uallach seo a ghabhail os làimh gheibh iad pàirt den t-suim a bheirear a-steach aig na tachartasan agus tha Blas an dòchas nach bi cosgaisean nan tachartasan fhèin a' tuiteam air luchd-eagrachaidh ionadail.

Aithne nàiseanta dha obair coimhearsnachd Sabhal Mòr Ostaig

Thugadh aithne an t-seachdain-sa chaidh do dhìofar leasachaidhean an t-Sabhail Mhòir 's a' bhuaidh a tha air a bhith aig a' cholaiste air a' choimhearsnachd timcheall oirre.

Thug Iomairt na h-Alba — a bha toirt seachad duaisean 'Dynamic Place' ann an Dùn Èideann — aithne dhan t-Sabhail Mhòr agus an dìofar a tha i a' dèanamh dhan choimhearsnachd.

Rinn a' bhuidheann leasachaidh nàiseanta "deagh-mholadh" air a' cholaiste aig an t-seirbheis-buileachaidh airson mar a chuir i ri ath-bheothachadh na sgìre ann an ceann a deas an Eilein Sgitheanaich.

Tha na brithemhan ag iarraidh phròiseactan a chuidicheas le a bhith a' stèidheachadh "Dynamic Place" ann an Alba agus tha Iomairt na h-Alba a' toirt seachad nan duaisean le taic bho Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Coimhearsnachdan Alba is Du-alchas Nàdair na h-Alba.

Thuir na brithemhan: "S e àite gun samhla a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, an t-ionad nàiseanta airson na Gàidhlig, a tha 'g obair gu gleusta gus caochladh chothroman foghlaim is cultarach tro mheadhan na Gàidhlig a chruthachadh. 'S ann aice a tha buaidh mhòr a thaobh ath-bheothachadh na Gàidhlig, a' chultair 's na coimhearsnachd. 'Tha taobh mòr eadar-



Togalach ùr na colaiste, Àrainn Chaluim Chille

nàiseanta air Sabhal Mòr Ostaig, agus rud a bha ri mholadh a rèir nam brithemhan 's e mar a tha cliù aig a' cholaiste air feadh an t-saoghail a thaobh càileachd 's

i suidhichte ann an cèrnaidh iomallach dhen Eilean Sgitheanach. Tha an t-ionad air a bhith aig teis-meadhan ùrachadh na sgìre ionadail agus chuir i gu mòr ri bhith cur stad air call sluaigh bhon sgìre le bhith tabhann obair, foghlam is cothroman trèanaidh."

Thuir an stiùiriche Leasachaidh aig Sabhal Mòr Ostaig Donaidh Rothach: "Tha e na urram mòr do Shabhail Mòr Ostaig an duais nàiseanta iomraiteach seo fhaighinn a tha toirt aithne air nach e rud fiosaigeach a th' ann

an 'dynamic place' a-mhàin, ach gur e toradh a th' ann air an dòchas, an taic agus an lùths a tha aig a h-uile duine a tha an sàs san obair seo."

B' e 7Stanes, beachd-smuain airson seachd slighean baidhsagal-beinne a chur air dòigh ann an ceann a deas na h-Alba, a bhuannaich a' chiad duais agus b' e Leabharlann is Ionad Ionnsachaidh sna Gorbals a ghleidd a' chiad àite san earrainn aig Sabhal Mòr Ostaig airson leasachadh coimhearsnachd.

Caley gu Leòdhas

Tha sgioba Chaledonian Thistle à Inbhir Nis air gealltainn a thighinn anall a Steòrnabhagh an ath bhliadhna gus cluiche an aghaidh sgioba thaghte Leòdhais is na Hearadh.

Ged a thadhail an sgioba air an eilean bho chionn ochd bliadhna, tha an cliù air sìor dhol am meud bhon uairsin agus iad a-nis a' cluiche sa Phrìomh Lìog.

Bho chionn dà bhliadhna

thàinig sgioba Dhùn Phàrlain suas chun eilein agus aig an àm b' e aon de na cluicheadairean aca Craig Brewster, a tha a-nis na mhanaidsear air Caley Thistle.

Thuir Mgr Brewster: "Dh'fheuch sinn ri dhol a-nall an-uiridh ach cha d' fhuair sinn, mar sin tha sinn air aontachadh a thighinn a-nall an ath bhliadhna. Chan eil fhios cuin ach 's iongantach mura bi e uaireigin san t-Fuchar."

Nollaig Chridheil agus Bliadhna Mhath Ùr



Bòrd na Gàidhlig, Darach, Fèith nan Clach, Inbhir Nis IV2 7PA Fòn: 01463 225454 • Post-d: fios@bord-na-gaidhlig.org.uk www.bord-na-gaidhlig.org.uk

An Gàidheal Ùr

Orduigh Postachd

Ainm
Sòlradh.....

Breatainn	£13.00 <input type="checkbox"/>
An Roinn-Eòrpa post-adhair	£15.00 <input type="checkbox"/>
Zone 1 post-adhair	£20.00 <input type="checkbox"/>
Zone 2 post-adhair	£26.00 <input type="checkbox"/>

Deànaibh seicean a-mach gu An Gàidheal Ùr mas e ur toil e.

Ainm Sgrìobhte.....

Tillibh seo gu: An Gàidheal Ùr, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Coàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD

An Gàidheal Ùr

THA AN GÀIDHEAL ÙR A' CABHAIL SHANASAN MU CHOMPANADHEAN, SHEIRBHEISAN NO THACHARTASAN

Cuiribh fòn thugainn an-diugh!
01851 703487

Comhairliche a' cur an aghaidh ionad foghlam ùr Gàidhlig

Tha comhairliche Gàidhealach air fearg adhbhrachadh an dèidh dha feuchainn ri bacadh a chur air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart sa bhun-sgoil ionadail, a dh'aindeoin 's gun robh taic ann bho phàrantan.

Chaidh iarraidh air Comhairle na Gàidhealtachd ionad ùr a stèidheachadh ann am bun-sgoil Inbhir Narainn an dèidh iarrrtas bho phàrantan aig a bheil clann ann an cròileagan a' bhaile.

Ach, thuirtean an comhairliche ionadail, Iain MacMhathain, nach bu chòir taic a thoirt dha oir gu bheil rudan eile na bu chudromaiche air am bu chòir airgead a chaitheamh.

B'e seo a' chiad iarrrtas a chaidh a chur chun chomhairle bho thàinig Achd na Gàidhlig gu bith agus tha dol a-mach a' chomhairliche air fhacinn air leth draghail air sgàth 's gu bheil aon de phrìomh dhreuchdan na comhairle aige, os cionn comataidh an stòrais.

Tha an Achd ag ràdh gu feum comhairlean beachdachadh gu mionaideach air a leithid de dh'iarrrtas, agus a dh'aindeoin beachdan Mhgr Mhathain dh'aontaich an comhairle ris.

Thuirtean stiùiriche foghlaim na comhairle, Bruce MacDhonnachaidh, gu robh an t-iarrrtas airson Gàidhlig aig ìre ro-sgoile a-nis air leantainn gu iarrrtas sa bhun-sgoil.

"Tha àireamhan cròileagan

Ghàidhlig Inbhir Narainn fallain," thuirtean e. "Tha pàrantan a-nis ag iarraidh seirbheis sa bhun-sgoil agus a rèir nam figearan againn bhiodh mu 23 duine-cloinne a' cleachdadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an ceithir bliadhna."

Ach, bha grunn dhraighan aig a' chomhairliche MacMhathain.

"Tha na comhraidhean gu seo air a bhith eadar oifigearan agus pàrantan, ach chan eil buill air a bhith nan lùib ann an dòigh sam bith," thuirtean e. "Mun àm a thig buill nan lùib bidh e mar-thà air ìre adhartach a ruighinn agus chan eil cothrom ann a' cho-chomhairleachaidh a stad."


"Tha dragh agam cuideachd an gabh pàigheadh air a shon, oir mar a tha an suideachadh an-dràsta cha bu chòir dhuinn a bhith cur uallaich eile òirnn fhèin."

"Tha mise cho dealasach ri duine sam bith a-thaobh a' chànan Ghàidhlig agus airson a cultar a dh'ionn agus tha mo theaghlach a linntean de thraidiseanan Gàidhlig. Tha càirdeas againn ri màthair Shomhairle Mhic Gill-Eain agus cuideachd ri Karen NicMhathain bho 'Capercaillie'."

Thuirtean e gun robh pròiseactan san amharc airson Inbhir Narainn ach nach gabhadh an toirt air adhart air sgàth gainnead airgid. Ma thig an t-ionad Gàidhlig gu bith, dh'innis e, bhiodh cunnart ann nach biodh càil sa bhaile ach sin fhèin.

Thuirtean iar neach-gairm na comhairle Mìcheal Foxley: "Feumaidh a' chlann sin foghlam fhaighinn co-dhiù, tron Bheurla mura eil Gàidhlig ri fhaighinn, le sin bhiodh an aon chosgais ann. Feumaidh a' chlann oideachadh fhaighinn agus bhiodh na cosgais a bharrachd air an coinneachadh le tabhartas bho Riaghaltas na h-Alba."

"Tha an comhairliche MacMhathain a' bruidhinn mu dhroch àm. 'S e an duilgheadas nuair a dh'fheuchas sinn ri rudeigin a dhèanamh airson a' chànan Ghàidhlig agus a' chultar a dh'ionn gu bheil e daonnan faisg air a bhith ro anmoach."



Comhairliche Inbhir Narainn, Iain MacMhathain

Prìomh Sgeulachdan na Mìos

Bòrd slàinte nan eilean an teas mheadhan connspaid

Fhuair Bòrd Slàinte nan Eilean Siar an dubh-chàineadh an t-seachdain a chaidh nuair a chaidh dà choinneamh phoblach a chumail gus an suidheachadh aca a dheasbad.

Tha mòran dhraighan mu thimcheall an t-seirbheis sna h-eileanan, leis gu bheil a' dùnadh aon de ùardan aig Ospadal nan Eilean ann an Steòrnabhagh.

Tha ionnmas na buidhne cuideachd ann an droch shuidheachadh agus tha fearg sa choimhearsnachd gu bheil na h-àrd-oifigearan a' siubhal air ais 's air adhart bhon dachaighean air tìr-mòr, leis a' chosgais a' tuiteam air a' bhòrd. A thuilleadh air an seo chaidh casaidean de bhurraidheachd a thogail leis an luchd-obrach a tha a' cumail a-mach nach urrainn dhaibh an draighan a thogail air eagal 's gun tèid an cronachadh, no nas miosa buileach, gun caill iad an obair.

Chaidh dà choinneamh phoblach a chumail gus an suidheachadh a dheasbad, aon air a chumail leis a' bhòrd fhèin agus an tè eile ann an Tal-la Bhaile Steòrnabhagh, a chaidh a chur air adhart le dà chomhairliche.

Thuirtean fhear dhe na comhairlichean sin, Aonghas Greumach: "Tha e follaiseach gu bheil eagal air an luchd-obrach bruidhinn a-mach. Tha cultar de dh'eagal anns an ospadal. Chan eil dearbhadh sam bith agamsa air an sin ach gu bheil an t-uabhas den luchd-obrach air a thighinn thugam a dh'innse."

Aig coinneamh a' bhùird ann an taigh-òsta a' Chaberfeidh, thuirtean Coinneach MacLomhair gum bu chòir do dh'oifigearan sgur a shiubhal air ais 's air adhart le airgead a' bhùird, oir murar sgur cha toir duine feart do na tha iad a' feuchainn ri dhèanamh. A' freagairt nan casaidean,

thuirtean àrd-oifigear na buidhne, Dick Manson, gun robh e duilich ma bha an luchd-obrach a' faireachdainn gun robh eagal orra, ach gun robh na h-atharrachaidhean a tha iad a' moladh air a thighinn bhua-pa fhèin.

Thuirtean e cuideachd nach robh e idir a' cosg an uabhas dha na h-oifigearan a bhith air ais 's air adhart bho tìr-mòr oir gu feumadh iad grunn choinneamhan a fhrithealadh air falbh bho na h-eileanan.

Thuirtean Màrtainn MacLeòid, cathraiche Comann Euslaintich Dubhag nan Eilean Siar, gun robh na thathas 'a' cur an aghaidh a' bhùird fìor. Dh'innis e gu bheil e fìor gu bheil burraidheachd a' dol air adhart, gu bheil e fìor gu bheil eagal air an luchd-obrach agus gu bheil e fìor gun robh coinneamhan air an cumail gun na thachair aca a chlàradh.

Iarrrtas airson Gàidhlig a thaisbeanadh aig puirt-adhair

Tha ball-pàrlamaid Albannach Gàidhealach ag iarraidh riaghaltas na h-Alba soidhnicean Gàidhlig a chur an-àirde ann am puirt-adhair na h-Alba gun dàil.

Chaidh aithisg, 'First Impressions', ullachadh dha ministearan bho chionn gheis agus am measg nam molaidhean bha soidhnicean dà-chànanach a chur aig na puirt-adhair agus air na rathaidean.

A dh'aindeoin 's an ùine bho chaidh an sgrùdadh fhoillseachadh chan eilear a' cur puirt-adhair agus chan eil ach corra rathad air a' Ghàidhealtachd far am faic thu ainmean Gàidhlig.

Thuirtean Rob Gibson, a bhuineas do Phàrtaidh Nàiseanta na h-Alba: "Tha e cudromach don luchd-siubhal a

tha a' tighinn a dh'Alba, agus dha-rìribh tha sluagh na h-Alba fhèin mothachail gur e dùthaich a tha seo aig a bheil dualchas agus cultar sònraichte, gach cuid a-thaobh Albannais agus Gàidhlig.

"Thuirtean aithisg 'First Impressions' gum bu chòir soidhnicean dà-chànanach Gàidhlig is Beurla a chleachdadh gus brìgh an àite a neartachadh. A dh'aindeoin sin tha sinn fhathast às aonais soidhnicean dà-chànanach aig ar puirt-adhair eadar-nàiseanta, tha iad slodach a' nochdadh air ar prìomh-rathaidean agus bu mhath leam cuideachd an sgoileadh gu ar stèiseanan rèile."

Tha na soidhnicean dà-chànanach rim faicinn air rathaidean an iar den A9, a bhios a' ruith eadar Inbhir Nis is Peairt. Ach, thuirtean Mgr Gibson

gum bu chòir an cur air an rathad seo fhèin cuideachd oir tha mòran luchd-siubhal a' chleachdadh agus tha grunn dhe na bailtean aig a bheil eachdraidh làidir Ghàidhlig.

A-thaobh nan soidhnicean san fharsaingeachd, thuirtean e: "S e dòigh saor is furasta a tha seo an cànan a thaisbeanadh, gus am faireachdainn a thoirt dha luchd-siubhal gu bheil iad ann an àite eadar-dhealaichte le eachdraidh, cànan is cultar sònraichte."

"Tha e cuideachd a' toirt barrachd earbsa dha luchd-labhairt na Gàidhlig, fileantaich is luchd-ionnsachaidh, agus a' toirt dhaibh am faireachdainn gu bheil a' cur luach sa chànan. Ach, tha e cudromach gun tèid seo a thoirt air adhart gu sgiobalta."

faic beachd duilleag 9

Togail nach beag do stèisean rèidio coimhearsnachd

Fhuair an stèisean rèidio coimhearsnachd as lugha ann am Breatainn deagh thogail a cheana nuair a dh'aontaich companaidh togail pàigheadh airson heileacoptair a chuidicheadh iad crann-sgaolaidh ùr a chur an-àirde.

Chaidh siostaman an stèisein "Two Lochs", a tha a' gabhail a-staigh coimhearsnachdan Gheàrrloch is Loch Iùdhe air a' chosta an iar, a dhroch mhilleadh ann an droch thide san Fhaoilleach a chaidh.

Ged a fhuair iad air obair càraidh a dhèanamh bha eagal ann nach seasadh i stoirm eile, agus leis a sin b' fheudar dhaibh crann gu tur ùr agus gu math nas treasa fhaighinn.

Ach, bha duilgheadas aca. Bha an crann gu bhith suidhichte air muin beinn mhòir agus chan eil rathad suas thuice 's bha e ro chas airson an ionaid, anns a bheil leth tonna de chuideam, fhaighinn chun làraich. Cha robh ach aon freagairt: heileacoptair.

Ach, bha seo a' dol a chosg cus dha stèisean beag a tha air a ruith le luchd saor-thoileach agus nach eil a' toirt seirbheis seachad ach gu 3,000 duine, agus iad sin sgapte air feadh sgìre cho mòr ri Glaschu.


B' ann an uairsin a chuala Daibhidh Sutherland, cathraiche a' chompanaidh Tulloch Ear-ranta, mu dheidhinn na cùise agus roghnaich e pàigheadh airson an heileacoptair.

Agus a-nis tha crann-sgaolaidh ùr aig an stèisean.

Thuirtean Mgr Sutherland: "Chuala sinn mu dheidhinn nan duilgheadasan a bha aig an stèisean beag, coimhearsnachd shònraichte seo far an do dh'obraich a' choimhearsnachd gus iad fhèin a chuidicheadh agus bha sinn toilichte an suim mu dheireadh a dh'fheumadh iad a thoirt seachad."

Agus thuirtean cathraiche na stèisein, Ailig Gray: "Cha robh sinn a' smaoinichadh gu seasadh an crann-sgaolaidh le dìon dìreach bho 'tarpaulin', le sin bha cuideachadh Tulloch còir is tìdeil."

Tha an stèisean an-dràsta a' comharrachadh gu bheil iad dà bhliadhna a dh'aois.



Pàighe a' chompanaidh Tulloch Ear-ranta airson heileacoptair a leigeadh dhaibh ionad le crann-sgaolaidh ùr a chur air muin beinne

CalMac an impis na seirbheisean a tuath a bhuannachadh

Tha Caledonian Mac 'Bhriuthainn air a ràdh gu bheil iad ann an suidheachadh làidir airson na seirbheisean aiseig gu Arcaibh is Sealtainn a ghabhail os làimh.

Thèid seirbheisean nan eilean a tuath a thabhann air a' mhargaidh fhosgailte sa Ghiblean an ath bhliadhna agus 's e CalMac aon dhen dà chompanaidh a tha a' feuchainn rin làmhnan fhaighinn orra.

Tha a' chompanaidh andrasta ag ullachadh airson farpais eile agus na seirbheisean air feadh a' chosta a-iar gan tabhann air a' mhargaidh fhosgailte cuideachd. Tha mu dheich companaidhean air a ràdh gu bheil ùidh aca ann, ged a tha dùil gum bi an àireamh sin gu math nas lugha nuair a thig fiosrachadh mionaideach a-mach air de dha-rìribh a bhios na lùib.

Ann a bhith ag ullachadh airson na seirbheisean gu Arcaibh is Sealtainn a bhuannachadh, chum CalMac sreath de choinneamhan anns

gach àite. Chaidh an tagradh foirmeil a chur gu Riaghaltas na h-Alba aig toiseach na mìos.

Thuirtean stiùiriche CalMac, Lawrie Sinclair: "Dh'aithnich sinn gu math tràth sa chùis gur e rèiteachadh leabaidhean is coimhead as dèidh siubhal bheathaichean na prìomh nithean a dh'fheumar leasachadh."

"Tha sinn a-nis air freagairt a lorg dha gach rud agus bha sinn dhen bheachd gun robh iad aig an ìre agus an inbhe a thug dhuinn an cothrom tagradh soirbheachail a chur a-staigh a leigeas dhuinn seirbheisean nan eilean a tuath a ruith."

"Chaidh ar tagradh a stèidheachadh air na coinneamhan a chum sinn agus dhearbhadh iad gu bheil coltas ann gu bheil taic againn bho gach coimhearsnachd eileanach, a-thaobh mar tha sinn a' coimhead as dèidh na seirbheis, a' togail cùram ar luchd-siubhal agus a' dèiligeadh ri gnothaichean sam bith a

dh'èireas.

"Neartaichidh sinn an t-seirbheis anns na h-àiteichean as cudromaiche agus gheibh sinn freagairtean inntinneach airson nan gnothaichean a tha air a bhith duilich roimhe seo."

Chan urrainn dhan chompanaidh fiosrachadh a sgoileadh air an tagradh aig an ìre seo oir dh'fhaodadh gum bi coinneamhan eile aca ris an Riaghaltas mus tèid co-dhùnadh a dhèanamh.

Thuirtean Mgr Sinclair: "Tha mi an dòchas gum bi coimhearsnachdan nan eilean a tuath mothachail gu bheil sinn ann an suidheachadh farpaiseil agus gu bheil adhbharan math againn ar tagradh a dhion."

"Feumaidh a' chuid as motha dhen mholadh againn a chumail dìomhair fhad 's a tha sinn a' cur crìoch air an ìre thrath seo dhen tagradh agus aon uair 's gu bheil sinn ann an suidheachadh innse na tha fa-near dhuinn, agus de na freagairtean a th' againn, bidh sinn air leth toilichte sinn a dhèanamh."

An Gàidheal Òg

MIANN AN AIRGID

Tha seo rudeigin coltach ris a' gheam air telebhisean far am bi daoine a' feuchainn ri moran airgead a bhuannach le bhith freagairt cheistean. Tha eagal orm nach eil ach airgead ma's fhior an cois seo. 'S e nithean anns na naidheachdan no na meadhanan a tha ann air a' mhios seo.

- Feuch dè mar a gheibh thu air adhart.
- Faodaidh tu cuideachadh fhaighinn mara leanas;
- Faighnich do charaid
- Faighnich don teaghlach/chlas
- Cleachd faclair/atlas/encyclopaedia

Chan fhaod thu gach fear chleachadh ach aon turas.

Ma dh'fhailnicheas ort buileach, tha na freagairtean aig bonn na duilleig.

1. Airson £100

Cò air a bhios cearc a' seasamh?

A	iris
B	spiris
C	siorap
D	silidh

2. Airson £200

Cò dhuibh seo nach e eun a th' ann?

A	Bodach ruadh
B	Dreathan donn
C	Br`u-dearg
D	Lòn-dubh

3. Airson £300

Dè a chanas tu ri rud a tha tur troimhe-ch`eile?

A	Butarrais
B	Burras
C	Buinneag
D	Buraghlas

4. Airson £500

Dè an t-ainm a tha air òran a cheachdadh tu airson ruidhle a dhannsadh?

A	port nan giùran
B	port a-beul
C	òran luaidh
D	òran mòr

5. Airson £1,000

Cò tha a' ruith a' Mhòid Nàiseanta?

A	An Comunn Ceilteach
B	Comunn na Gàidhlig
C	An Comunn G`aidhealach
D	Comunn na Camanachd

6. Airson £2,000

Fhuair thu £3.00 air ais a £10.00 airson rud a chosg £7.00. Dè chanas tu ris airgead a fhuair thu air ais?

A	iomradh
B	iomaghaoth
C	iomagain
D	iomlaid

7. Airson £4,000

Dè an sporan a bhios aig daoine airson tombaca a ghleidheadh?

A	Sparrag
B	Spliuchan
C	Spleadhan
D	Splaoid

8. Airson £8,000

Tha aon dhuibh seo a' ciallachdadh beul aibhne ann an ainmean aitean?

A	Obar
B	Leitir
C	Inbhir
D	Cill

9. Airson £16,000

Criochnaich an seanfhacal 'S math an sgàthan suil

A	caraid
B	nàmhaid
C	màthair
D	puithar

10. Airson £32,000

Dè an leabhar anns a' Bhioball a tha dìreach an deidh an fheadhainn seo? Esra, Nehemiah, Ester,

A	Isaiah
B	Ionah
C	Ieremiah
D	Iob

11. Airson £64,000

Dè an t-ainm a bha air a' Cholaisde Gàidhlig a bha air "Machair"?

A	Sabhal Mòr
B	Eòlas M`or
C	Bradán Mòr
D	Iolaire Mòr

12. Airson £125,000

Dè an caisteal anns a bheil brat-ach-sìdhe?

A	Dùn Bheagan
B	Sruighlea
C	Dùn Eideann
D	Eilean Donain

13. Airson £25,000

Dè an t-am a bha air an deoch a bhiodh daoine tinn a' faighinn?

A	Deoch an-doras
B	Deoch bhàn
C	Deoch-rèite
D	Deoch-cadail

14. Airson £500,000

Dè a' mhios air bheil Là Buidhe Bealltainn

A	An Og-mhios
B	An Iuchair
C	An Cèitean
D	An Giblean

15. Airson £1,000,000

Dè am baile ann an sasainn a ràinig arm a' Phrionnsa tearlach ann an 1746?

A	Coventry
B	Salisbury
C	Darlington
D	Derby

FREAGAIRTEAN 1b, 2a, 3a, 4b, 5b, 6d, 7b, 8c, 9a, 10d, 11c, 12a, 13b, 14c, 15d

Prosbaig Mhic Ghiollsa a' tionndadh air Sasainn



Sùil air Spòrs
Le Ailig O'Hianlaidh

Mus leugh sibh seo 's neònach mura bi Ailig MacIlliossa air a chùil a chur ri Rangers agus bidh manaidsear ùr air a shlighe gu Ibrox. A rèir 's mar a chaidh an gèam an aghaidh Inter Milan Dimàirt seo chaidh, dh'fhaodadh Rangers cuideachd a bhith a' coimhead air adhart ri àite anns na cuairtean mu dheireadh de Liog na h-Eòrpa — a' chiad turas a bhiodh sgioba Albanach air an ìre sin a ruighinn — rud a tha a' dèanamh suidheachadh MhicIlliossa nas an-naisiche buileach.

Cò a chreideadh gum biodh manaidsear a bheireadh sgioba Albannach chun na h-ìre sin dhen fharpais cluba as motha air an t-saoghal ann an cumnart obair a chall, ach sin an staing sa bheil MacIlliossa air e fhèin fhaighinn air sàilleabh cho truagh 's a tha Rangers air a bhith aig an taigh an Alba. Aig an àm san do sgrìobh mi an colbh seo bha Rangers sa cheathramh àite ann am Prìomh Liog na h-Alba, còig puing dheug air dheireadh air Celtic. Chan eil sin math gu leòr airson sgioba leithid Rangers agus as dèidh dìreach a dhà dhe na ceithir geamachan deug mu dheireadh a ghleidheadh,

chan eil cinnt sam bith ann anis gun tèid aig Rangers fiù 's air an dara àite a ghleidheadh air an t-seusan-sa.

Tha sin uile a' ciallachadh ged a tha Rangers gu math nas fheàrr dheth am-bliadhna le 's dòcha suas ri £15m à Liog na h-Eòrpa, dh'fhaodadh an ath-bhliadhna a bhith gu math falamh, gu sònraichte mura tèid aca air crìochnachadh san treas àite, rud a bheireadh cothrom dhaibh air Cupa UEFA. Ma dh'fhàilnicheas sin orra Cupa na h-Alba a ghleidheadh airson ball-coise Eòrpach a ghealltainn air an ath sheusan agus 's e an suidheachadh cu-gallach seo is coireach gum feum MacIlliossa falbh cho luath 's a ghabhas.

Ma gheibh Rangers troimhe chun nan ìrean mu dheireadh de Liog na h-Eòrpa leigidh sin le MacIlliossa a dhreuchd fhàgail le urram agus bidh an cathair aige nas tarraingiche cuideachd don ath dhuine a thig a-steach. A rèir choltais, 's ann air Pòl Le Guen a tha sùil Daibhidh Moireach air laighe agus ma thèid aige air an coidse Frangach a thàladh gu Ibrox bidh cathraiche Rangers air fear dhe na manaidsearan òga as fheàrr san Roinn Eòrpa fhaighinn. Ach tha na faclan "ma thèid" cudromach oir chan eil mi fhathast cinnteach gum biodh Le Guen, aig nach eil ach glè bheag de Bheurla, deònach tighinn a dh'Alba aig an ìre seo na bheatha agus tha mi a' smaointinn gum b'fheàrr leis a dhol gu sgioba mhòr ann an Sasainn no san Spàinn.

Chì sinn dè a thachras agus a thaobh MhicIlliossa fhèin, ma tha na fathannan rin creidsinn tha teansa gum fao-

dadh e a bhith air a shlighe gu Portsmouth ann an ceann a deas Shasainn. Ma tha ciall sam bith aige, cha tèid e faisg a mhìle air an obair sin oir cha bhiodh e ach a' leum bhon phoit a-steach don teine. Anns na seachd bliadhna a tha Milan Mandaric, an Serbach/Ameireaganach leis a bheil Portsmouth, air a bhith os cionn na buidhne tha e air a dhol tro sheachd manaidsearan agus a' coimhead air an sgioba a th'aca an-dràst, bidh iad fortanach ma ghleidheas iad an àite ann am Prìomh Liog Shasainn. Nan rachadh e ann cha bhiodh MacIlliossa ach a' dèanamh iomlaid air suidheachadh a tha nas miosa na th' aige an-dràst.

Tha fios 'am bho bhith a' bruidhinn ri MacIlliossa fhèin nach eil e dhen bheachd gur e sin an obair air a shon aig an ìre-sa agus gum b' fheàrr leis fuireach gus a nochd cothrom eile aig sgioba nas motha, leithid Aston Villa, mar eisimpleir. Ach chan eil mi cho cinnteach am bi an cothrom ann dha. Tha na seachdainean 's na mìosan mu dheireadh air cron a dhèanamh air iomhaigh agus bidh e gu math fortanach obair fhaighinn aig tè dhe na sgiobannan as motha ann an Sasainn.

Ma tha cathraichean air an cuid rannsachaidh a dhèanamh bidh iad air mothachadh do rudeigin eile a dh'fhaodadh obrachadh an aghaidh MhicIlliossa cuideachd. Ma choimheadas tu air na h-obraichean a tha air a bhith aige tha pàtran a' nochdadh far a bheil e a' gabhail thairis sgioba, a' soirbheachadh airson greis agus an uairsin gan toirt air ais. Thachair e aig Tobar na

Màthair far an do ghabh e thairis sgioba a chriochnaich san dara àite, ach bha e seachdainean bhon bhròg fhaighinn aig Fir Park an uair a thug Hibs cothrom dha aig Easter Road. A-rithist thug e Hibs air ais dhan Phrìomh Liog agus a-steach dhan Roinn Eòrpa, ach chaidh iad air ais as dèidh sin mus deach a ghairm gu Ibrox.

Tha e a-nis air an aon chrois rathaid a ruighinn le Rangers ach a-mhàin gu bheil e na sheasamh air starsach cuairtean deireannach Liog na h-Eòrpa, rud a dh'fhàilnic air manaidsearan eile leithid Bhaltar Mac a' Ghobhainn, Dick Advocaat agus Màrtainn O'Neill roimhe. Mura bheil e air a leabhraichean fhaighinn cheana 's glic dha a chasan a thoirt leis mus dèan e cus croin air a' chliù a tha e air a chosnadh thairis air na ceithir bliadhna mu dheireadh.

SEO a' cholbh mu dheireadh agamsa san riochd seo agus a-mach bho thoisich na Bliadhn' Ùire bidh colbh ùr iomain a' tòiseachadh sa Ghaidheal Ùr. Coltach ris a h-uile colbhaiche eile, tha mi an dòchas gu bheil mo chuid sgrìobhaibh air a bhith fiosrach, beachdail agus inntinneach dhuibhse an luchd-leughaidh — uill, bidh sinn gar mealladh fhèin a' smaointinn sin co dhiù! Ach mo thaing dhuibh uile airson a bhith cho dileas dhan phàipear agus tha mi an dochas gum bi Nollaig shunndach 's Bliadhn' Ùr Mhath agaibh an uair a thig i.

A bheil sibhse airson sanas a thoirt a-mach a bhiodh gu ùidh a' choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Alba? Ma tha cur fios gu Marina NicLeòid aig An Gàidheal Ùr air 01851703487 no air post-dealan aig sanas@agu.org.uk.

Faodadh sibh cuideachd tadhal air an làrach-lìn againn: www.an-gaidheal-ur.co.uk



CROFTERS COMMISSION

UGHDARRAS NAN CROITEARAN
50 BLIADHNA A' TOIRT TAIC DO CHROITEARACHD



Nollaig Chridheil agus Bliadhna Mhath Ùr bho Ughdarras nan Cròitearan

Lùb a' Chaisteil, Inbhirnis IV2 3EQ
Fòn: (01463) 663450 Facs: (01463) 711820
Post-d: info@crofterscommission.org.uk
Lion: www.crofterscommission.org.uk



Manaidsear Rangers Ailig MacIlliossa



★ Carson nach cuir sibh Cairtean Nollaige Ghàidhlig gu ur càirdean 's ur caraidean ann bliadhna?



Chaidh Cairt Nollaige eireachdail Chomunn na Gàidhlig a dhealbhadh le Sherylyn NicIain bho Sradagan Ìle ann bliadhna agus tha e ri fhaighinn airson 60 sgillinn bho oifisean Chnag.

★ A bheil sibh a' caitheamh cus ùine a' lorg prèasantan Nollaige a bhios an dà chuid freagarrach agus feumail?



Dè mu dheidhinn Miosachan Gàidhlig Chnag 2006 le taghadh de dhealbhadh eireachdail is fiosrachadh mun deidhinn gach mìos a tha a' toirt farsaingeachd chuspairean bho na h-Eileanan an Iar, An t-Eilean Sgitheanach is Ratharsair gu ur n-àire?

Tha e ri fhaighinn airson £5.95 ann am bùthan ionadail air feadh na dùthcha.

Nollaig Chridheil agus Bliadhna Mhath Ùr

Feumaidh ciste phrìseil nan leabhraichean ùr a biadhadh

Tha mòran leabhraichean, gu h-àraidh nobhailean, air nochdadh sna mìosan a dh'fhalbh fo bhratach Ùr-sgeul, a tha air a stiùireadh le Comhairle nan Leabhraichean. Ach, ged a tha e air a bhith air leth soirbheachail, tha feum air cuideachadh is leasachadh airson an obair ionmhalta a chumail a' dol. Tha Alasdair Caimbeul a' mìneachadh...

Tha e a' teannadh air àm na Nollaige agus bidh tòrr dhaoine a' smaoinichadh air leabhar a thoirt do chuideigin mar phrèasant, agus gu dearbh cha bu mhisde dhaibh coimhead air cuid de na leabhraichean Gàidhlig a tha air tighinn a-mach am-bliadhna mar rud a lionas stocainn. Ach dè mu dheidhinn foillseachadh na Gàidhlig fhèin? Dè dh'iarraidh e bho Bhodach na Nollaige ma bha an roghainn aige?

Mar a shaoilear cha leig sinn leas a dhol nas fhaide na an aon rud a tha air a bhith a dhith air gach raon de shaoghal na Gàidhlig o chionn fhada— agus dh'fhaodadh tu a ràdh a tha a dhith air ìomradh raon ann an saoghal na Beurla cuideachd agus anns gach ceàrnaidh dhen t-saoghal — 's e sin gun teagamh barrachd airgid. Ach, ma tha an aon duan seo agad an-còmhnaidh tha cunnart ann gun dèan thu dì-meas air an obair ionmholta a tha daoine mar Comhairle nan Leabhraichean 's na sgrìobhadairan fhèin a' dèanamh. Agus ma choinneadas tu air na tha daoine a tha an sàs ann an foillseachadh na Gàidhlig a' dèanamh leis a' bheagan airgid a th'aca, tha e follaiseach na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann dhan Ghàidhlig agus do chultar na h-Alba nam biodh bar-

rachd airgid ann.

A rèir tòrr dhaoine 's e an rud as motha a tha air togail a thoirt do dhaoine o chionn ghoirid Ùr-Sgeul < an t-sreath de rosg ùr a tha air fhoillseachadh le Clàr le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Leabhraichean is Comhairle nan Ealan, sgeama a tha air seachd leabhraichean a chur an clò gu ruige seo.

Thuir Gavin Wallace, Ceannard an Litreachais aig Comhairle nan Ealan: "Tha sinn gu sònraichte toilichte a bhith toirt taic dhan ath-bheothachadh ann am foillseachadh na Gàidhlig agus dhan obair ghleusta aig Comhairle nan Leabhraichean. Dha-rìribh, 's e Ùr-Sgeul aon de na leasachaidhean as motha a chunnacas ann am foillseachadh na Gàidhlig anns na 30 bliadhna a dh' fhalbh < an t-sreath ùr ficsein anns an robh Comhairle nan Leabhraichean an sàs ann a bhith ga chur air cois.

"Tha an soirbheachadh miorbhaileach aig Ùr-Sgeul a' dearbhadh, a dh'aindeoin an t-suidheachaidh chugallach, chunnartaich anns a bheil an cànan, gu bheil luchd-leughaidh ùr ann a tha 'g iarraidh ficsean Gàidhlig."

Thuir Iain Dòmhnallach, bho Chomhairle nan Leabhraichean, gun robh na leabhraichean aig Ùr-

Sgeul a' reic glè mhath agus gun robh àrdachadh air a bhith ann san dà bhliadhna ionmhais a dh'fhalbh a thaobh na h-àireimh de leabhraichean a tha Comhairle nan Leabhraichean a' reic san fharsaingeachd. Ach bha e cuideachd mothachail gun robh duilgheadasan gu leòr fhathast ann.

"Chan eil foillsichearan gu leòr ann, dhèanadh sin diofar mòr," thuir e. "Tha rudan eile a dhith, ach 's e sin an rud as motha. Tha sinn air cha mhòr an aon uiread de leabhraichean a reic na bha sinn air an reic aig an àm seo an-uiridh."

Thuir e gun robh iad air a bhith bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig is Comhairle nan Ealan (a thug £80,000 is £156,000 do Chomhairle nan Leabhraichean ann an 2005/2006, thug CnE tabhartas a bharrachd de £20,000 do CnL am-bliadhna cuideachd) mu dheidhinn barrachd chothroman foillseachaidh 's barrachd foillsichearan, ach thuir e cuideachd: "Bheir sinn taic dha na foillsichearan a th' againn an-dràsta, gheibh iadsan a' chid chothrom."

A rèir Iain b' e aon de na duilgheadasan a bh' ann a' bhearn uabhasach a dh'fhàg Gairm nuair a stad e. A dh'aindeoin a h-uile duilgheadais a th' ann tha airgead foillseachadh na Gàidhlig air a dhol an-àirde — thug Bòrd na Gàidhlig seachd £156,900 do dh' fhoillseachadh leabhraichean ann an 2005/2006 (an coimeas ri £108,056 ann an 04/05) agus fhuair Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig £240,000 a tha cur ri foillseachadh leabhraichean a chleachdar san sgòil. Tha an t-àireamh bho Chomhairle nan Ealan air a dhol an-àirde beagan cuideachd. Ach ged a tha sgrìobhadh rosg air brosnachadh fhaighinn le Ùr-Sgeul, tha beachd aig cuid gun bu chòir an aon seòrsa brosnachaidh a bhith air a thoirt do bhàrdachd Ghàidhlig a chleachd a bhith ann an suidheachadh làidir an taca ri rosg a thaobh chothroman foillseachaidh.

Thuir am bàrd 's fear-deasachaidh aig "Guth" Rody Gorman: "Tha am bàrd Ron Butlin ag ràdh mu shuidheachadh na bàrdachd ann an Alba an-dràsta, 'with the exception of a few one-man-band operations that heroically soldier on bringing out excellent pamphlets and chapbooks and that survive thanks to their proprietors' personal dedication, publishers avoid poetry like the plague'."

"Tha mi an dòchas gum bi de mhisneachd aig na h-ùghdaranan iomchaidh an ùine gun a bhith fada oidhirp a dhèanamh air rian ceart a thoirt a-steach agus guthan ùra na bàrdachd ann an Gàidhlig — Murchadh Dòmhnallach, Iain Mac a' Phearsain, Rob MacIlleChiar, Babs NicGriogair, Caoimhin MacNeill agus an leithid — fhoillseachadh ann an leabhraichean.

"Tha e na chùis nàire gu bheil na h-oilthighean a' faighinn dheth gun a bhith foillseachadh leabhraichean sa Ghàidhlig," thuir an sgrìobhadair Uibhisteach. Thuir e gun robh eisimpleirean ann mar Ruaraidh MacThòmais is Dòmhnall Meek a bha air mòran a chur ri foillseachadh na Gàidhlig, ach san fharsaingeachd nach robh na companaidhean foillseachaidh aig na h-oilthighean a' dèanamh gu leòr airson leabhraichean ann an Gàidhlig a thoirt a-mach.

Thuir Màrtainn Mac an t-Saoir: "Tha e cudromach cuideachd gu bheil sgrìobhadh Gàidhlig ga mheas aig an aon ìre le sgrìobhadh Beurla ann an Alba." Thuir e cuideachd gun robh ceistean ann fhathast a thaobh taic do sgrìobhadairan Gàidhlig oir nuair a tha an leabhar aca-san ann an clò chan eil iad a' faighinn mòran airgid bho reic an leabhair mar a tha fìor aig cuid de na sgrìobhadairan Beurla.

Agus tha aithisg a dh'fhoillsich Comhairle nan Ealan ann an 2004 air foillseachadh ann an Alba mothachail air a' bhuaidh a th' aig foillseachadh ann an mion-chànanan. Tha an aithisg ag ràdh: "Tha buannachdan nas farsainge a thaobh na h-eaconomaidh, agus gu sòisealta, aig foillseachadh, agus gu sònraichte aig foillseachadh na Gàidhlig is na h-Albais, a chuireas ri leudachadh san raon chultarach."

Chan eil teagamh sam bith nach eil Riaghaltas na h-Alba is

Comhairle nan Ealan mothachail air na buannachdan a thig bho fhoillseachadh na Gàidhlig, ach a bheil iad deònach barrachd airgid a thoirt dha air chor 's nach tèid obair thorach a dhollaidh 's i gun fhoillseachadh?

Ged a bha John Storey, an t-oifigeir phròiseactan aig Comhairle nan Leabhraichean, a' cur taic ri sgeama ùr mar Ùr-Sgeul airson bàrdachd nam biodh an t-airgead ann, bha e cuideachd ag ràdh gun robh rudan eile a bha feumach air barrachd maoinachaidh ann an saoghal foillseachaidh na Gàidhlig.

Mhìnich e: "Tha mi airson sgeama Ùr-Sgeul a leasachadh gus am bi sgeama ùr airson bàrdachd ann. Tha mi cuideachd airson sgeama a bhith ann do dh'òigridh no daoine eadar can 18-30; bu chòir dhuinn a bhith gam brosnachadh gu sgrìobhadh. Tha oileanaich sna h-oilthighean an-dràsta a tha sinn a' cluinntinn a tha math air sgrìobhadh, ach chan eil iad a' faighinn a' chothrom an stuth aca a chur ann an clò. Feumaidh sinn drochaid a dhèanamh eadar daoine a tha eòlach air sgrìobhadh 's daoine san oilthigh. Cuideachd, 's e rud eile trèanadh airson luchd-deasachaidh agus bhiodh e math nan robh cuideigin làn-thìde ann a dhèanadh an seòrsa obrach sin."

Leis an sin, mar as àbhaist canaidh tòrr dhaoine, 's e cnag na cùise airgead. Tha beachdan gu leòr ann, tha daoine cruthachail gu leòr ann, agus tha dearbhadh ann a thaobh càileachd na h-obrach le daoine mar Aonghas Pàdraig is Màrtainn a' faighinn aithne air an liosta dhreananaich de na Duaisean Saltire. Carson matha, nach cuireadh an sporan poblach barrachd ri foillseachadh na Gàidhlig, agus gu dearbh ri foillseachadh na h-Alba? 'S dòcha gur h-ann aig Bodach na Nollaige fhèin a tha am freagairt.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu na leabhraichean aig Comhairle nan Leabhraichean thoiribh sùil air www.gaelicbooks.net, no airson tuilleadh fiosrachaidh mu Ùr-Sgeul thoiribh sùil air www.ur-sgeul.com.

Deagh chompanach air oidhchean fada geamhraidh

"Seanfhacail is Seanchais" le Iain MacIlleathain agus Maleta NicPhàil, £11.50

Tha còmhach an leabhair seo anns a' bhàd ag innse na sgeòil. Tha dealbh an sin de chiste ionmhais, agus gun teagamh sam bith chan eil an iomhaigh meallta. Tha an leabhar seo a' cur thairis le neamhnaidean luachmhor a beul-aithris nan Gàidheal. Bhon àm a bhithinn ag èisteachd ris a' phrògram "Facal oirbh" air a "wireless" bha mi a' miannachadh gun deighheadh na gnàthasan-cainnt seo a chruinneachadh.

Tha an dithis a bha an sàs ann an obair ionmholta seo bho Thaobh Siar Leòdhais, mar mifhìn, agus ged a ghlèidh m' inntinn beagan de na sgeulachdan a bhiodh na bodaich ag aithris agus air am biodh iad a' meòrachadh nuair a bhiodh iad a' cèilidh san taigh againn gach oidhche fhada, gheamhraidh dhùisg an leabhar seo cuimhneachain air gliocas air n-athraichean, agus cianalaidh tiamhaidh airson nan làithean sin.

Tha an leabhar air a roinn ann

an earrainnean a tha fillte a-steach do gach suideachadh dham bheil mac an duine gu nà-darrach buailteach, le comhairle is gliocas air a libhrigeadh gu ciallach, tuigseach agus aig amannan eirmseach, fa chomhair gach suidheachaid ann am beatha làitheil nan Gàidheal. Tha roinnean ann mu chàirdeas, mu ghaol, mu theaghlach agus mu fhreasdal a tha a' foillseachadh an cofhaireachdainn agus eòlas a bh' aig ar sinnsearan air nàdar gach coimhearsnachd, a bha dlùth ann an dàimh ri chèile, bhon leisgeadair 's an t-amadan, gu cealgair is bean ghlic. Tha geur-chùis agus gliocas rim faicinn anns an tuigs' a bha aca air aimsir, fearann, ainmhidhean agus àrainneachd.

Tha rud dhan h-uile duine an seo, agus tha e furasta a bhith a' tomadh a-steach agus a-mach do gach earrainn den leabhar, a-rèir 's na tha duine a' sireadh. Tha gach abairt agus seanfhacal air a mìneachadh ann am Beurla a tha ag innse na sgeòil. Air mo shon fhìn, 's ann sna earrainnean air Càirdeas, Gaol is Gonadh agus Freasdal agus Gàbhadh bu mhotha a chaidh mi am bogadh. Rinn mi iomadh gàire chridheil

leam fhìn a' meòrachadh air an earrainn air Comhairle Chothromach. Bha "Tagh do bhean 's a currag oidhch' oirre", "suidh air bòrd 's cha phòs thu chaoidh" agus "fear nan iomadh leannan, fear gun leannan idir" nan deagh chomhairle don òigridh a bha a' lorg leannain, agus "Dèan do chrot 's do chiutha" na chomhairle don chaileag a bha ga h-ullachadh fhèin airson suirghe.

Tha mòran san leabhar air an robh cuimhne agam fhìn, 's dòcha ann am bloigean a bha mi air a chluinntinn an tac an teine còmhla ri na bodaich. "Is geal leis an fhitheach isean" chanadh piuthar mo mhàthar ma bha fear ann a bha daoine a' càineadh mar bhleagairt, bha fios gun robh gràdh aig a mhàthair air, dh'aindeoin a theachdangearr. Anns gach cuideachd san tèid mi, tha daoine a' bruidhinn air an leabhar seo, iad air ath-chuimhneachadh a dhèanamh air na chuala iad nan òige, air lorg fhaighinn air abairtean ùra, agus a' deasbad air mìneachadh nan abairtean agus nan seanfhacal.

Bidh an leabhar seo na chur-seachad tlachdmhor air oidhcheannan dorcha geamhraidh, agus bhithinn an dòchas gum biodh e air a thoirt a-steach air obair-sgoile na cloinne gus am bi tuigs aca air na h-abairtean agus na gnàthasan cainnt phrìseil a tha taobh a-staigh na ciste.

Cathaidh Màiri Nic a' Mhaoilein

Catalog ùr de leabhraichean cloinne



Chaidh catalog ùr de leabhraichean cloinne sa Ghàidhlig fhoillseachadh bho chionn ghoirid le Foillsichearan agus Sgrìobhadairan na h-Alba ann an co-bhuinn ri Comhairle nan Leabhraichean.

Thairis air 28 duilleag, tha an catalog a' gabhail a-steach nan leabhraichean cloinne as ùire bho bhuidhnean de dh'fhoillsichearan beaga Gàidhlig, le dealbhan dathte agus stiùireadh mu na h-aisean dha bheil iad freagarrach.

Thèid a sgaoileadh gu sgoiltean, cròileagan agus sgoiltean-àraich, agus cuideachd bidh e ri fhaotainn an-asgaidh aig a' mhòr-shluagh ann am bùth Comhairle nan Leabhraichean aig 22 Sràid Achadh a' Mhansa ann an Glaschu.

Airson tuilleadh fiosrachaidh no airson lethbhreac dhen chatalog, cuiribh fios gu Comhairle nan Leabhraichean air an àireamh fòn 0141 337 6211 no air an t-seòladh post-dealain: mairim@gaelicbooks.net.

Beachd

A' meòrachadh air feallsanachd nàiseanta na h-Alba



Le Aonghas Pàdraig Caimbeul

Tha mi air an t-uabhas siubhal a dhèanamh air feadh Alba o chionn ghoirid, 's a bharrachd air an sin bha mi thall san Fhraing aig cruinneachadh far an robh a' cuideachd a' bruidhinn mu Alba, agus 's dòcha gur e am prìomh cho-dhùnadh a ràinig mi nach eil a leithid a rud ri Alba ann co-dhiù!

Oir dè tha e a' ciallachadh? Seoc MacConghail ann an fhèilidh? Sgioba rugbaidh no ball-coise na dùthcha a' faighinn droighneadh eile aig Murrayfield no Hampden? Sir Sean Connery? A' Ghàidhlig? Tartan is haggis? A' Phàrlamaid na uile-ghòir?

Tha fhios 'am glè mhath nach eil anns na nithean sin ach pàirt de na samhlaichean de dh'Alba, oir 's e an fhìrinn gu bheil iomadach Alba (no alba) ann: Alba Easterhouse a-bharrachd air Alba Milltimber, Alba Barraigh a-bharrachd air Alba Bherwick.

Nach ann oirnn a tha an aghaidh ma-tà, nuair a chleachdas sinn am facal "Alba" mar gun robh e a' còmhachadh gach nì sin agus na ceudan eile a-bharrachd. Dè tha toirt ceud no còir do Phàrlamaid Nàiseanta na h-Alba, mar eisimpleir, a leithid a thoirt orra fhèin? No Dualchas Nàdair na h-Alba, no Eaglais na h-Alba, no An Scotsman (seach Scotsman) 's a' Herald a tha gan gairm fhèin mar "Scotland's National Newspaper"?

A bheil iad a' labhairt airson nam bochd a-bharrachd airson nam beartach? Airson nan Gàidheal (mar eisimpleir) a-bharrachd airson nan Gall?

Oir mar as motha shiùbhlais mi, 's ann as motha a tha e tighinn a-stèidhadh orm gu bheil Alba ùr timcheall gach oisein, fiù 's ann am Paris na Frainge far am faic thu (mar eisimpleir) Rue MacDonald, air ainmeachadh os dèidh a' ghaighich sin a bhuineadh do dh'Uibhist-a-Deas.

Nuair bha mi tràibheadh air ais à Cill Rìmhinn an t-seachdain seo chaidh stad mi greis ann am baile beag Newburgh (Am Bail' Ùr - fear eile!) deas air Peairt a thadhail air caraid. 'S e Newburgh fear dhe na bailtean beaga àraidh sinn ann an Alba (!) a tha air a dhèanamh suas, mar gum biodh, dè aon shràid chumhang fhada.

Ma chaidh sibh riamh tro Shiorrachd Adhair no null air an A96 gu Obar Dheathain, no tro na Crìochan bidh sibh eòlach gu leòr air na bailtean sin — bheiltean mar Biggar is Keith is Stewarton is Symington is eile ann an "darkest Ayrshire" mar a thuirtear Dòmhnall Diubhar nach maireann rium nuair bha e a' mìneachadh carson nach robh e ag iarraidh Achd Ghàidhlig a chur an gnìomh a chòmhdachadh Alba (!) gu lèir "After all" ars esan "we don't want a situation where Gaelic is imposed on places, let's say in darkest Ayrshire!"

Agus 's dòcha gun robh puig aige.

Oir cò thuirtear gun robh, no gu feumadh, "Alba" a bhith aon-chànanaich, no gu dearbha dà-chànanaich, no trì-chànanaich?

Cò thuirtear gu feumadh àiteachan far nach eil a' Ghàidhlig dualach (Sealtainn, mar eisimpleir) a bhith air a chòmhdachadh le Gàidhlig? Cha tuirtear duin' againne, chan eil mi a' smaoineachadh.

Cò — air an làimh eile — a thuirtear gu feumadh àiteachan far nach robh a' Bheurla dualach (na h-Eileanan an Iar, mar eisimpleir)

a bhith air an còmhachadh leis a' Bheurla? Reachdan Idhe 1509? Cùil Lodair? Achd an Fhoghlaim 1872? Comhairle nan Eilean 's am Poileasaidh Dà-Chànanaich? Sinn fhìn, le ar fasain 's ar dòighean 's ar cleachdaidhean?

Co-dhiù fhad 's a bha mi ann an Newburgh bha mi smaoineachadh air cho fada 's a bha dualchas is beatha is dòighean a' bhaile bheag Albanach seo bho mo dhualchas is mo bheatha is mo dhòighean fhìn: an e an aon Alba a bh' ann?

An robh Newburgh, air an t-seachdain-sa chaidh, sion nas "Albannaiche" na bha Paris an t-seachdain roimhe sin? A bheil Port Rìgh (mar eisimpleir) nas dlùithe a thaobh eachdraidh is cultair is dòigh-beatha is cànan ri Pàislig na tha e ri Prague? Dè tha ceangal Càrlabhagh ri Carluke seach ri Cardiff? Dè an càirdeas a tha eadar Barraigh is Berwick nach eil eadar Barraigh is Barcelona?

Chan eil an t-uabhas, agus 's e sin, saoilidh mi, a tha gam fhàgail-sa co-dhiù nam eadar-nàiseantach seach nam nàiseantach: ann an seo ann am Fearann Dòmhnail an Eilein Sgitheanaich gu bheil a' cheart uimhir faireachdainn agam mu Ferrara anns an Eadailt no mu Ferozapere anns a' Phunjab 's a tha agam mu Ferryhill ann an Obar Dheathain no mu Fetlar ann an Sealtainn.

Tha mi mothachail gu leòr, tha fhios, air cho fìor phrìseil agus a tha an rud ionadail: ar dual-chainntean agus ar cleachdaidhean agus ar dòighean, agus saoilidh mi anns an t-saoghal mhòr eadar-nàiseanta a th' againn nach eil sion cho cronail ri cruinneachas, 's tha mi air leth mothachail gu bheil sinn uile ann an cunnart eagalach a bhith air ar slughadh suas ann an aon saoghal mhòr eadar-nàiseanta air a riaghladh le Kentucky Fried

Chicken, MacDonald's agus Blair-Bushism.

Ach chan e eadar-nàiseantas a tha sin idir, cuimhnicheamaid, ach deachdaireachd.

'S an t-eadar-nàiseantas air a bheil mise a' bruidhinn an t-eadar-nàiseantas a tha a' tuigsinn gu bheil còir aig gach treubh is cinneadh, aig gach craobh is teanga, a bhith slàn fallain beò. An t-eadar-nàiseantas a tha a' faicinn gu bheil sinn uile — dubh is geal is buidhe is eile — nar bràithrean 's nar peathraichean, agus a tha a' tuigsinn gu bheil nàiseantas cumhang na fhìor nàmhaid de shaorsa.

'S ann airson sin a tha mi a' sìor fhàs nas teaghaiche nuair a chluinneas mi am facal "Alba".

Alba a rèir cò? Dè an Alba air a bheil iad a' bruidhinn? Dè an seòrsa "Alba" a tha iad a' cruthachadh no a' moladh no a' cur air adhart?

Alba luchd-gnìomhachais amhàin? Alba far a bheil sin a' tilgeil eilthirich bheaga (clann) a-mach às an leapanan aig còig uairean sa mhadaoin airson an sgiùrsadh a-mach à seo? Alba (agus Gàidhealtachd) far nach urrainn duine aig nach eil an dearg fhòrtan taigh a cheannach dha fhèin 's dha theaghlach.....?

Alba? Bithibh amharasach mu dheidhinn, oir 's e ficsean phoilitigeach is chultarach a th' ann. Dìreach mar a' Ghàidhlig fhèin, agus 's dòcha nach do chuir duine nas fheàrr e na dà bhàird mhòr na ficheadamh linne, MacGill-Eain agus MacDhiarmaid.

MacGill-Eain: "Dìblidheachd ar n' Albann eitigh"; agus MacDhiarmaid: "...the little white rose of Scotland That smells sharp and sweet - and breaks the heart."

Ged a bu chòir dhuinn cuimhneachadh cuideachd gun tuirtear fhìor dheagh charaid Tormod

MacCaoig seo mu MacDhiarmaid: "MacDiarmid didn't know what Scotland was.....It was just an idea, a concept in his brain, which is what it is to most Scots."

Tha sinn ann an deagh chuideachd!



Dè tha ceangal Càrlabhagh ri Carluke seach ri Cardiff? Dè an càirdeas a tha eadar Barraigh is Berwick nach eil eadar Barraigh is Barcelona?



LITRICHEAN

The Chalet
6 CilleBride
An t-Ath Leathann
An t-Eilean Sgitheanach

A neach-deasachaidh chòir,

Tha agam ri peann a chur ri pàipear an lorg air an àrd-mholadh a fhuair Sabhal Mòr Ostaig ann an Gàidheal Ùr na mìos-sa chaidh. Oir tha mi fhìn dhen bhàirid nach eil a' cholaiste a' dèanamh na h-uimhir gu maith na Gàidhlig is a tha luchd a' "PR" ag ràdh rinn. Agus is mise a bha thall is a dh'fhairich, is mi nam oileanach aig an t-Sabhal Mhòr gus a' Chèitean am-bliadhna.

Is math a tha fios agam gu bheil iomadach neach san t-Sabhal Mhòr a tha ag obair gu dian air sgàth na Gàidhlig, am measg an dà chuid luchd-obrach is oileanaich. Saoilidh mi gu bheil an luchd-teagaisg gu seachd àraidh airidh air urram, is iad a' dèanamh an dèidh gus àite Gàidhlig a chruthachadh, ged is ann an aghaidh an t-sruth a tha iad a' snàmh. Agus tha iomadach seud am measg nan oileanach cuideachd — feadhainn a gràdhacheas a' Ghàidhlig gu daingeann agus a sheasadh a còraichean nan robh an cothrom aca. Chanainn-sa gur iad na h-oileanaich a tha air tilleadh gu foghlam, gus iad fhèin a bhogadh sa Ghàidhlig, as motha dicheall sa chumantas — 's mathaid a chionn 's gu bheil iad, a dh' aona-gnothach, air an cùl a chur ris a' bhith-beò a b' àbhaist a bhith aca ach am faigheadh iad cothrom Gàidhlig ionnsachadh làn-thìde. Ach is trom an t-eallach a tha orra, luchd-leantainn na Gàidhlig, oir 's ann aig a' Bheurla a tha làmh-an-uachdair sa cholaiste, agus mar as fhaide a tha thu a' dol air adhart innte 's ann as motha a tha siud ri aithneachadh. Chan eil deagh comas-labhairt riatanach gus ceum fhaighinn.

Tha fhios agam nach urrainn dhan h-uile neach-ionnsachaidh Gàidhlig a chumail fad an t-siubhail; ach

mo nàire! 'S i a' Bheurla an cànan a chluinnear (air taobh a-muigh dhe na seòmraichean-teagaisg) a' mhòrchuid a' bruidhinn gu cunbhalach, agus 's i a bha bho riamh bhon a thòisich mise aig an t-Sabhal Mhòr, agus (tha mi a' creidsinn) bliadhnaichean roimhe sin cuideachd. Mo thruaighe, 's i a bhruidhneas an dà chuid fileantaich is luchd-ionnsachaidh sa chumantas.

Nuair a bha mise air a' chiad bliadhna — agus chan fhada bhuaithe — bhithinn-sa is bhiodh feadhainn eile, mar oileanaich a bha a' feuchainn ris a' Ghàidhlig a chumail am measg a chèile, gar cur suarach aig càch. Dh' fhaodadh e a bhith nach robh ar cuid Gàidhlig ach bochd truagh, ach biodh sin mar a bhitheas, is sinne a bha a' feuchainn ri ar comas-labhairt a leasachadh. Ach thug sinn an aire gun robh a' mhòrchuid, a bha dileas dhan Bheurla, a' sìor chur sìos oirnn.

'S ann mar sin a bha cùisean ann an Colaiste Ghàidhlig na h-Alba gus chan eil mi a' creidsinn gun tàinig fuasgladh fhathast; leis na th' ann dhen Bheurla ga bruidhinn leis an fheadhainn òg, bheireadh an Sabhal Mòr ort a chreidsinn gun robh a' Ghàidhlig cho marbh ri sgadan mar-thà. A mhuintir an t-Sabhail Mhòir, chan urrainn Gàidhlig a bhrosnachadh, no ur cuid Gàidhlig a leasachadh, tro mheadhan na Beurla!

Mas e 's gu bheil Sabhal Mòr Ostaig samhlauchail ri Eilean Ì Chaluim Chille, is i "a" deàrsadh mar lòchran solais air an Roinn Eòrpa", chan fhaic sinn ach am biù-gan dheth.

Is mise, le meas
Niall MacRath

An Gàidheal Ùr

Chan urrainn dhuinn a bhith ach glè dhiombach mu dheidhinn dè a tha dol a thachairt dha na h-oifisean puist dùthchail, nuair a theid spògan mòra a' mhargaidh nan lùib.

An-dràsta, tha siostam air leth ann far a bheil e cosg an aon rud litir no pàisail a chur dhan phost ged a bhiodh tu ann an Gearraidh a' Bhàird no Glaschu. Tha am prionnsabal sin sìmplidh is ciallach: bu chòir an aon phrìs a bhith mu choinneimh gach duine, agus chan ann a bhith cronachadh dhaoine ma tha iad a' fuireach air an iomall.

Ach, am bi seo fhathast fìor fo shiostam far a bheil prìsean a' mhargaidh a' riaghladh? Bidh sinn an dòchas gum bi, ach bidh e iongantach ma bhios, oir dè an companaidh ciallach a bhios deònach an t-seirbheis a ruith aig an aon chosgais ann an Gearraidh a' Bhàird 's a tha iad ann an Glaschu, gun sin a bhith na riaghailt bhunaiteach air am beulaibh? Cha bhì gin. Sin dìreach aon dhe na ceistean a dh'fheumar obrachadh a-mach gus còraichean nan sgìrean iomallach a sheasamh gu treun. Mura tèid seo a dhèanamh faodar soraidh slàn a leigeil le iomadach oifis-phuist bheag ann am bailtean dùthchail na h-Alba.

Ach, tha mòran nithean air an taobh airson feuchainn rin dìon. Glè thrìc chan e dìreach oifisean-puist a tha anns na toglaichean beaga seo idir. Tha iad mar ionad coimhearsnachd, uaireannan mar seòrsa de bhanc, mar chridhe fiosaichaidh an àite, agus uairean eile fiù 's mar sheirbheis cùraim dha na seann dhaoine.

Tha fios againn uile gu bheil ar saoghal ag atharrachadh agus gu feum sinn ar n-àrainneachd atharrachadh dha rèir. Ach, carson nach urrainn seasamh oifigeil nan h-oifisean puist atharrachadh airson an dèanamh tarraingeach is ri-

atanach airson an àm ri teachd?

Ma tha seo dol a bhith soirbheachail feumar sgur gun coimhead mar oifisean-puist amhàin agus am faicinn mar ionad coimhearsnachd le iomadach seirbheis nan lùib. 'S dòcha gu falbh na toglaichean, ach chan eil adhbhar na seirbheisean a tha iad a' tabhann a thrèigsinn.

Tha cothrom grunn nithean a thoirt còmhla, mar eisimpleir: seirbheisean fiosrachaidh coimhearsnachd, àite far am faod seann dhaoine fios a chur ma tha iad ann an èiginn, àite far an tèid coinneamhan coimhearsnachd a chumail, agus mar sin air adhart.

Ged is dòcha a tha seo a' tachairt ann an cuid a shuidheachaidhean mar-thà chan eil e air aithneachadh gu h-oifigeil — agus seo an duilgheadas. Chan eilear air an argamaid seo a chur air adhart gu làidir, agus tha làn àm air a shon agus an Coimeisean Eòrpach dol a dh'ath-nuadhachadh siostam a' phuist, le na h-atharrachaidhean tighinn a-steach ann an 2009.

Mura tèid an sùilean fhosgladh chan eil rian aca ach co-dhù-nadh dall a dhèanamh agus 's e làithean dorch dha-riribh a bhios ma choinneimh nan oifisean-puist dùthchail. Tha dà thaobh soilleir air an deasbad seo: dèanamh cinnteach gum bi na prìsean cothromach dhan h-uile duine gur bith càit a bheil iad a' fuireach, co-dhiù cho fad 's as urrainn seo a dhèanamh, agus aithne oifigeil a thoirt dha na h-oifisean puist mar sheirbheis chudromach, fharsaing air leth.

'S dòcha an uairsin gum faighear air nì a tha mar chridhe spioradail do dh'iomadh baile, beag dùthchail a ghleidheadh son an àm ri teachd.

Tha sinn air iomadach facal a chluinntinn bho Riaghaltas na h-Alba mu cho taiceil 's a tha iad dhan Ghàidhlig. Chanadh mòran gu bheil am mìneachadh aca air an fhacal "taiceil" glè eadar-dhealaichte bhuaipa-san a tha a' feuchainn an dicheall bho là gu là ris a' chànan a leasachadh.

Tha e furasta a thuigsinn gu bheil e gu math duilich dha ministearan cuid a rudan a dhèanamh. Mar eisimpleir, chan ann am prìobha na sùla as urrainn toirt air buidhnean poblach na h-Alba gabhail ris a' Ghàidhlig gu dàimheil, no dha-riribh an gainneadh luchd-teagaisg a rèiteachadh — dà rud a bhios gu math riatanach. Ach, tha gu leòr rudan eile ann a dh'fhaodadh iad a dhèanamh glè sgiobalta agus gun cus cosgais — mar eisimpleir, soidhnichean Gàidhlig a chur an-àirde aig na puirt-ad-

hair, mar a tha air cuid a rathaidean.

Bhiodh e na thaisbeanadh math dhan chànan agus a' cruthachadh ìomhaigh do luchd-siubhail gur e dùthaich a tha seo a tha a' gabhail ris a' Ghàidhlig mar chànan dùthchasach an àite. Chan eil na tha sin a dhearbhadh againn gu bheil seo fìor an-dràsta.

Co-dhiù no co-dheth chan urrainn dha na h-oifigearan a thiginn an-àirde leis an leigeil leibideach a bha aca bho chionn dhà no thrì bhliadhnaich mu dheidhinn nan soidhnichean rathaid dà-chànanaich: gun adhbhraicheadh iad tubaistean oir chan fhaigheadh daoine air an leughadh. Amaidas a tha sinn an dòchas nach fhaic sinn a-chaidh tuilleadh.

Litrichean gu:
Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703487
Facs: 01851 706467

Prògram sònraichte air Nancy Dorian

Ciste sgeulachdan bho bhalaich an t-seòlaidh

“Tha leigheas air gach càs ach chan eil leigheas air a’ bhàs” — seanfhacal a chuala an cànanach an t-Ollamh Nancy C. Dorian ann an Cataibh nuair a thòisich i a’ rannsachadh Gàidhlig nam bailtean iasgaich anns na trì ficheadan. Ceithir fichead bliadhna às dèidh sin tha briathran an t-seanfhacail glè iomchaidh is gun ach corra neach air fhàgail aig a bheil criomagan den dual-chainnt is gun dòchas ann gu till i tuilleadh.

Ged a tha cliù aig Nancy Dorian am measg chànanachan air feadh an t-saoghail airson a cuid sgrùdaidh air Gàidhlig taobh

sear Chataibh, chan eil cus eòlais air an obair aice ann an Alba taobh a-muigh an t-saoghail acadaimigeich. Ann am “Mar a Chunnac Mise: Nancy Dorian agus a’ Ghàidhlig” gheibhear cunntas, airson a’ chiad uair air telebhisean air obair-beatha shònraichte a’ bhan Ameireaganaich seo na briathran fhèin. Cluinnear cuideachd bho Wilma agus Jessie Ros, à Eurabol, dithis den luchd-bruidhinn mu dheireadh a tha fhathast a’ cuideachadh Nancy Dorian le cuid rannsachaidh.

Mar chànanach tha Nancy Dorian air a bhith a’ rannsachadh

gu mionaideach cruth agus fuaim cànanach ach am measg sluagh bailtean iasgaich Bhrùra, Ghoillspidh agus Eurabol chunnaic i gun robh cothrom ann sgrùdadh a dhèanamh air bàs cànan — rud nach deach a dhèanamh ann an doimhneachd roimhe.

Bhon a thàinig na “maraichean” (mar a theirear ri sluagh nam bailtean iasgaich) sìos don chost bho na glinn agus na srathan aig àm fuadaichean na naodhaimh linne deug, bha beatha chruaidh, mhi-chinnteach aca an urra ris an iasgach. Chan e amhàn gun robh bochdainn gan dèanamh suarach an sùilean

chàich ach bha a’ Ghàidhlig cuideachd gan comharrachadh amach mar shluagh dheireanach, neo-fhoghlaimte.

Nuair a ràinig Nancy Dorian taobh sear Chataibh bha an t-iasgach air falbh mu thràth agus cha bhiodh e fada gus am falbhadh a’ chainnt cuideachd.

Mhìnich an leabhar as ainmeile aice, “Language Death”, ciamar is carson tha cànan a’ bàsachadh: an dimeas a chaidh a dhèanamh air a’ chainnt agus mar a fhuair a’ Bheurla làmh an uachdair air a’ Ghàidhlig taobh a-staigh ginealach. Ann an taobh sear Chataibh, dh’fhiosraich Nancy

suidheachadh a thàinig — agus a thigeadh — gu iomadach coimhearsnachd is dual-chainnt air feadh na Gàidhealtachd. Còig bliadhna fichead às dèidh dha nochdadh, tha eòlaichean air feadh an t-saoghail fhathast a’ coimhead air “Language Death” mar shàr eisimpleir de sgrùdadh air bàs cànan.

Mar a Chunnac Mise: Nancy Dorian agus a’ Ghàidhlig, Diardaoin 22 An Dùbhlachd 1930 BB2 Alba.

Balaich an t-seòlaidh, le Annella NicLeòid, riochdaire


Còb’ fheàrr a chuala tu riamh ag innse sgeulachd? Cha mhòr nach cuirinn geall gur e nàbaidh anns a’ bhaile agad fhèin. Seann seòladair. Rudan a’ tachairt dha a bha dìreach do-chreidsinneach agus cha robh turas a dh’innseadh e an tè mu dheidhinn mar a thachair dha ann an New Zealand nach toireadh e gair’ ort.

Chan eil na seann sheòladairean cho pailt an-diugh ach tha iad ann. Agus nuair a thug Pròiseact nan Sgeulachd cruinn iad ann an Talla-Baile Steòrnabhaigh an-uiridh, abair thus’ gu robh rud ac’ ri innse. Mar a chaidh iad a sheòladh an toiseach, agus mar a bha e na mhìorbhail gun d’ fhuair feadhainn ac’ barrachd air aon thuras às. Mar a bha cuid de shoitichean agus phuirt sònraichte math agus feadhainn eile ‘s rudan ag èirigh dhaibh annt’ nach b’ urrainn do fhear-sgrìobhaidh nobhail a chur air pàipear. Cha d’ fhuair mis’ a Thalla a’ Bhaile ach chan eil sin gu diofar. Chaidh an clàradh. Agus às an iomadh facal prìseil a chaidh a ràdh thairis air dà là thàinig dà phrògram uair a thide. ‘S chan eil e gu diofar cia mheud turas a dh’èistean mi ri Tor-mod Stuffan, no Bidean Narrow, no Iain Eachann no duin’ ac’ ach tha mi ann còmhla riutha, ‘s chan ann an Talla a’ Bhaile ach anns an iomadh port is plòidh anns an robh iad.

Balaich an t-Seòlaidh còmhla ri Fionnlagh MacLeòid, Disathairne 31mh den Dùbhlachd aig 1003 agus 1300.

Dè a-nis a tha seo? Farpais cloinne airson àm na Nollaige

DÈ A-NIS?



Tha Farpais Mhòr na Nollaig aig Dè a-nis air tòiseachadh! Cleachdaidh an farpais seo na sgilean ealain agad air fad!

Tha sinne ag iarraidh ort dealbh no postair a dhèanamh. Agus tha cuspair sònraichte againn. Tha sinn airson gun dealbhaich thu na rudan nad bheatha agus nad sgìre a bhiodh tu airson sealltainn dhuinn nan

robh De a-nis a’ tighinn a chèilidh ortsa!

Faodaidh tu càil a thogras tu fhèin a dhealbhadh, ‘s dòcha àite ainmeil faisg ort, do theaghlach, rudan a bhios tu a’ dèanamh air an deireadh sheachdain < càil sam bith. Tha sinn cinnteach gu bheil beachdan agus sgilean air leth agad fhèin, agus tha sinn airson ‘s gum bi na dealbhan agad loma làn, le tòrr dath!

Mar dhuais, bidh stuth ealain ri fhaotainn, agus cuideachd, ma bhuannaicheas tu, thig Dè a-nis a chèilidh ort-sa < gus coimhead air do sgìre agus na rudan a tha anns na dealbhan agad. Abair duais!

Tha ceithir roinnean aois ann. Dhaibhsan fo sheachd bliadhna a dh’aois, dhaibhsan eadar seachd agus ochd bliadhna, dhaibhsan eadar naoi agus deich, agus dhaibhsan nas sine na aon bliadhna deug a dh’aois.

Cuir do dhealbhan air pìos

pàipeir A4, agus feuch nach cleachd thu gliotar! Sgrìobh d’ ainm, d’ aois agus do sheòladh fhèin air cùl a’ pàipeir.

Cuir do dhealbhan gu: Dè a-nis, BBC Alba, Glaschu, G12 8DG

Innsidh sinn dhut cò bhuannaicheas air prògram na Nollaig air an dàrna latha fichead den Dùbhlachd < mar sin feumaidh do dhealbhan a bhith againn ro Diluain an naoidheamh latha deug den Dùbhlachd. ‘S fheàrr dhut tòiseachadh cho luath ‘s a ghabhas!

Ath-chraoladh do phrògram air leth a bha toirt sùil air eachdraidh inntinneach a’ chòmhlain ainmeil “Runrig”

Bidh fìor fheasgar inntinneach agaibh Oidhche Challainn am-bliadhna ma tha ùidh sam bith agaibh ann an ceòl Gàidhlig an latha a th’ ann.

Oir ‘s ann air òrain gillean Runrig a bhios am prosbaig ann an sreath phrògraman air Radio nan Gàidheal an oidhche mu dheireadh dhen bhliadhna seo. Chan àbhaist dhuinn a bhith a’ craoladh oidhche Shathairne; ach bho chòig uairean feasgar bidh measgachadh tlachdmhor de cheòl is còmhraidh ri chluinntinn.

‘S e bhios aig cridhe an t-sreath ach trì prògraman mu Runrig. Bidh prògram aithriseach ann aig 7:30 feasgar a rinn Liz NicBheathain agus a bhuannaich duaisean:

Runrig@30. Cluinnear cunntas air eachdraidh agus spiorad a’ chòmhlain.

Agus aig 6:30 feasgar agus 8:30 feasgar, theid dà chruinneachadh dhen cheòl is òrain a chualas aig a’ chuirm ‘Flower of the West’ a chraoladh. Anns a’ Chèitean am-bliadhna, chruinnich dà mhìle neach-èisteachd agus còrr ‘s ceud neach-ciùil ‘s neach-seinn aig Talla Chuirmean Rioghail Ghlaschu. Seo fon ainm Flower of the West, gus am blas fhèin a chur air òrain Chaluim is Ruaraidh Dhòmhnaill.

Bho Kenna Chaimbeul gu Karen NicMhathainn, Dick

Gaughan agus an còmhlan Poor Old Ben, rinn sàr luchd-ciùil na Gàidhealtachd am mìneachadh fhèin air a’ cheòl. Cluinmidh sibh Donnchadh Siosalach, Jenna Chumming, Julie Fowles, am pìobaire Iain Dòmhnallach agus na ficheadan eile a’ gabhail pàirt ann cuideachd.

Thuir Mairi NicMhathainn bho BBC Radio nan Gàidheal: “Cluinmidh daoine am beartas de thàlant a th’aig Calum’s Ruaraidh Dòmhnallach, agus na tha iad air a thoirt dhan dualchas Gàidhlig, tro ghuthan Ghàidheil ainmeil. Sheall a’ chuirm agus na prògraman seo nach ann leotha fhèin amhàin a tha na h-òrain a-nise: gheibh daoine faireachdainn air an dòigh ‘s a bheil luchd-seinn agus luchd-ciùil air mòran a thoirt asta”.

A bharrachd air prògraman Runrig, bidh sealladh eadar-dhealaichte againn air a’ bhliadhna a bh’aig luchd-spòrs na Gàidhealtachd; sin aig leth-uair an dèidh a còig. Aig 9:30 feasgar bidh ath-chraoladh ann dhen phrògram ‘An Teip Recorder’. As dèidh sin bidh ‘Aig Cridhe ar Ciùil’ agus ‘Abhachdas nan Rubhach’ gar toirt a dh’ionnsaigh na bliadhna ùire fhèin.



Runrig a’ cluiche air an stèids



Comhairle nan Eilean Siar

- A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig aig cridhe cultar na Gàidhlig
- A' Toirt Seachad Foghlaim Tro Mheadhan na Gàidhlig
 - A' Toirt Taic do Mhòdan Ionadail agus Buidhnean Gàidhlig
 - A' Cur Poileasaidh Dà-chànanach an Gníomh
- Comhairle nan Eilean Siar – Ag Obair Còmhla Airson nan Eilean



Bùth a' Chomuinn

ÙR... Cairtean Nollaig Gàidhlig..Gaelic Xmas Cards... ÙR... Miosachan Gàidhlig/Gaelic Calendar



Pagan le 4 diofar chairtean £3.20

Pack of 4 Assorted cards £3.20

Sreath Ùr

New stock

Miosachan Gàidhlig £5

Gaelic Calendar £5

CDs, Teipichean, Bhideos, Miosachain Gàidhlig, Taghadh math deth Leabhraichean Gàidhlig
CDs, Tapes, Videos, Gaelic Calendars, Good selection of Gaelic Books in stock

Discount for Gaelic Learners & An Comann Members/Mail order & ordering service available
Airson òrdugh tilleabh a bhileag seo thugainn/Return tear-off slip below with order:

Name:

Address:

Tel No:

Return to: An Comann Gàidhealach, Leverhulme House, Percival Square, Stormway,
Isle of Lewis HS1 2DD Tel: 01851 703487 Fax: 01851 706467 Email: poig@gaelic.org

Òrdugh Postachd/Postal Order

(...) Cairtean/Cards @ £3.20

(...) Miosachan/Calendar @ £5.00

+ Postadh/Post & Packing @ £1.50

Gu h-iomlan/Total Enclosed: £.....



Iomairt Cholm Cille The Columba Initiative

Tha Iomairt Cholm Cille ag obair gus taic don Ghàidhlig a bhrosnachadh agus ceanglaichean eadar coimhearsnachdan Gàidhlig Alba is Èirinn a leudachadh. Tha sinn an-dràsta a' sireadh bheachdan air pròiseactan coimhearsnachd, cànan, ealain, foghlaim agus spòrs leis a' cheann-latha

30 Am Faoilteach 2006 air a chomharrachadh dha iarrtasan airson taic-airgid.

Feuch gun cuir sibh fios, sa chiad àite, gu:

Michelle Ní Chróinín ccille@udaras.ie nó

Maolcholaim Scott ccille.ultach@cinni.org

www.colmcille.net



SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG,

Stèidhichte ann a Steòrnabhagh, tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a' pàigheadh airson 65% de na prògraman ùra Gàidhlig a tha air an craoladh air telebhisean an Alba. Tha iad air còrr is da mhìle uair a thìde de phrògraman a mhaoineachadh gu ruige seo air na sianalan analog. Ach is e am prìomh cheann-uidhe a-nise sianal digiteach a chruthachadh a shàsaicheas feum is miann coimhearsnachd na Gàidhlig agus an luchd-amhairc san fharsaingeachd.

CRAOLADH IS CONALTRADH – COTHROM NA CÒRACH

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

Taigh Shìphoirt Rathad Shìphoirt
Steòrnabhagh Eilean Leòdhais HS1 2SD

Fòn: 01851 705550 Facs: 01851 706432

Posta-dealain: fios@gms.org.uk Làrach-Lìn: www.gms.org.uk